



Leabhar-iùil do dh'oileanaich air ainmeachadh thobraichean

Tha an leabhar-iùil seo a' cur an cèill an dòigh bhun-tomhasaich airson thobraichean ainmeachadh airson SCQF Ìre 7 agus air adhart, mar a tha aontaichte anns na h-Inbhean Acadaimigeach agus Riaghailtean Mathais aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (UHI)

Tha an leabhar-iùil seo stèidhichte air leabhar-iùil Oilthigh Coventry air Dòigh Harvard a bhith ag Ainmeachadh Thobraichean a chaidh a chur a-mach leis an Ionad airson Sgrìobhaidh Acadaimigich an Oilthigh Coventry agus tha e air a ath-riochdachadh le UHI fo Chead bho Creative Commons.

Tionntadh 3.0 Sultain 2013

Clàr-innse

1.	Ro-ràdh	3
	Carson a tha feum agam air an leabhar-iùil seo air ainmeachadh thobraichean?	3
	Carson a dh'fheumas mi 'luaidh a thoirt' agus 'tobraichean ainmeachadh'?	3
	Cuin a dh'fheumas mi luaidh a thoirt agus tobraichean ainmeachadh?	4
	Am feumar luaidh a thoirt agus tobar ainmeachadh airson a h-uile rud?	4
	Mar a chuireas tu an leabhar-iùil seo gu feum	5
2.	Harvard gu cruinn	7
3.	Luaidh a thoirt am broinn an teacsa fhèin	11
	Prionnsabalan is mìneachadh air facail	11
	Ciamar a bheir mi luaidh am broinn teacsa?	11
	Eisimpleir de luaidh am broinn teacsa	12
4.	An liosta thobraichean	14
	Am fiosrachadh a chuireas tu san liosta thobraichean agad	14
	Far an amais thu air mion-fhiosrachadh foillseachaidh	16
5.	Tobraichean teacsa	20
	Tobraichean teacsa a chleachdar am bitheantas	20
	Tobraichean teacsa nach eil cho cumanta	26
6.	Tobraichean lèirsinneach	38
	Ciamar a bheir mi luaidh agus nòtaichean tobair airson iomhaighean?	38
	Mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair airson thobraichean lèirsinneach eile	40
7.	Dàta àireamhach	44
	Feum a dhèanamh de dhàta mar phàirt den teacsa agad	44
	Dàta a thaisbeanadh gu lèirsinneach	44
8.	Tobraichean claisneach	45
	Ciamar a bheir mi luaidh air òraidean?	45
	Mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair airson thobraichean claisneach eile	46
9.	Tobraichean dàrnach	49
10.	Ceistean bitheanta	50
11.	Stuthan eile ri an leughadh	55
12.	Clàr-amais	56

1. Ro-ràdh

Nas ciall do bhith ag ainmeachadh thobraichean, na h-amannan a bhios e a dhèidh agus mar a chuidicheas an leabhar-iùil seo leat

Carson a tha feum agam air an leabhar-iùil seo air ainmeachadh thobraichean?

Nuair a bhios tu a' dèanamh pìos obair sgrìobhte feumaidh tu facail agus beachd-smuaintean chàich aithneachadh nuair a chuireas tu feum orra. Nì thu seo le bhith a' toirt **luaidh** orra agus ag **ainmeachadh an tobair**.

- **Luaidh a thoirt** – mar as trice is e as ciall dha seo dòigh a bhith a' comharrachadh am broinn an teacsa agad gun deach na smuaintean no na barailean air a bheil thu a' sgrìobhadh, no na h-ìomhaighean a tha thu ag ath-riochdachadh a chur air aghaidh, no a chruthachadh, o thoiseach le cuideigin eile. Dh'fhaodadh seo a bhith nuair a chòmhdaicheas tu facail, nuair a bheir thu atharrachadh crutha no geàrr-chunntas air facail, nuair a dh'ath-riochdaicheas tu ìomhaigh no clàr, agus a leithid eile.
- **Tobraichean ainmeachadh** – is e a seo an dòigh air an toir thu liosta de na tobraichean air fad air an tugadh **luaidh** sa phios obrach.

Tha caochladh dhòighean ann a bhith ag ainmeachadh thobraichean; is e an cruth ris an gabhar airson oileanaich fho-cheuma agus oileanaich fhor-cheuma theagaisgte aig UHI **dòigh bhun-tomhasach Harvard**. Is e rian sìmplidh a tha seo a bhith ag ainmeachadh ùghdar is bliadhna a chleachdar fad is farsaing aig an ìre eadarnaiseanta agus a tha a rèir BS 5605 Stèidheachd Bhun-tomhasan Bhreatainn airson tobraichean ainmeachadh. Tha dà eileamaid ann an dòigh Harvard UHI a bhith ag ainmeachadh thobraichean:

- **Luaidh am broinn an teacsa** ann am prìomh shusbaint na sgrìobhainn agad
- **Liosta air leth de thobraichean air an ainmeachadh** aig deireadh na h-obrach agad

Tha cead aig cuid de mhodalan UHI bho Dheadhan an dàimh dòigh eile a chleachdadh a bhith ag ainmeachadh thobraichean, a rèir nan cleachdainnean as àbhaist anns a' chuspair aca (m.e. eachdraidh). Is ann **ort fhèin** a tha an t-uallach dearbhadh le ceannardan nam modalan agad an d'fhuair gin de na modalan agad cead a bhith a' cleachdadh dòigh eile seach tionntadh UHI de dhòigh bhun-tomhasach Harvard.

Bidh an leabhar-iùil seo na chuideachadh dhuit a bhith a' tuigsinn carson, cuin agus ciamar a chleachdas tu tionntadh UHI de dhòigh bhun-tomhasach Harvard.

Carson a dh'fheumas mi 'luaidh a thoirt' agus 'tobraichean ainmeachadh'?

Feumaidh tu luaidh a thoirt agus an tobar ainmeachadh airson a h-uile ìomhaigh, clàr, dealbh is graf a thogar à tobraichean ann an clò no air an eadar-lìon, cho math ri blogaichean, puist dealain, wikis, còmhraidhean, craolaidhean telebhisein is rèidio, agus a h-uile h-aithris, beachd, co-dhùnadh, is eile a thogar à obair sgrìobhaiche eile, co dhiubh a bheil an obair air a còmhach ann an dòigh dhìreach, no a bheil atharrachadh crutha no geàrr-chunntas air a thoirt air na facail. Tha feum air luaidh a thoirt agus tobraichean ainmeachadh air na reusanan a leanas:

- Chan e na beachd-smuaintean is na facail agad fhèin a tha thu a' cur gu feum, ach sealbh inntleachdach chuideigin eile, agus feumaidh tu seo aithneachadh.
- Mur an aithnich thu sealbh inntleachdach chuideigin eile san obair agad bithear ag amharc air seo mar mheàirle-sgrìobhaidh, rud a thèid peanas a chur air le luchd-oideachaidh, luchd-measaidh agus luchd-sgrùdaidh.

- Leigidh e fhaicinn an cùl-taic sgoilearach a th' ann do na tha thu a' tagradh, le teisteanas air cho farsaing is cho domhainn 's a leugh thu.
- Leigidh e leis an leughadair na tobraichean a chomharrachadh a chuir thu gu feum airson nam beachd-smuaintean agad agus a bhith a' dol air an lorg.
- The e na phàirt dho-sheachnaichte den dòigh-obrach sgoilearaich beachd-smuaintean chàich san raon agad a leigeil ris gus am bi iad air an sgrùdadh gu teann-bhreitheach. Le bhith a' toirt luaidh agus ag ainmeachadh thobraichean bheirear an structair riatanach airson a' phròiseis seo. Tha e na phàirt chudromach den oileanachadh sgoilearach agad gun tig thu gu bhith comasach air seo.

Cuin a dh'fheumas mi luaidh a thoirt agus tobraichean ainmeachadh?

- Nuair a **chòmhdaicheas** tu ann an dòigh dhìreach facail à obair chuideigin eile (a' toirt ceart fhacail ùghdair ann an cromagan turrach)
- Nuair a bheir thu **geàrr-chunntas** air argamaid ùghdair san fharsaingeachd (a' cur an cèill gu cruinn argamaid no beachd ùghdair san fharsaingeachd anns na facail agad fhèin)
- Nuair a bheir thu **atharrachadh crutha** air beachd-smuaintean no barailean ùghdair (gan cur an cèill nad dhòigh fhèin)
- Nuair a nì thu feum de **dh'iomhaighean** no **dàta** a chaidh a chruthachadh le cuideigin eile

Tha na h-eisimpleirean seo a' buntainn do dh'obair dhaoine eile, co dhiubh a bheil iad air am foillseachadh is nach eil. Gabhaidh iad a-steach am facal sgrìobhte, am facal labhairte, tobraichean lèirsinneach, obraichean ealain, grafaichean agus clàran, ceòl, mapaichean agus diagramannan.

Tha eisimpleirean de dh'obraichean foillsichte a' gabhail a-steach:

Leabhraichean, irisean, pàipearan-naidheachd, làraichean-lìn, blogaichean, craolaidhean telebhisein is rèidio, DVDs, bhideos agus filmichean.

Tha eisimpleirean de dh'obraichean neo-foillsichte a' gabhail a-steach:

Puist dealain, còmhradh, agallamhan a chùim thu fhèin.

Cuimhnich, chan fhoghain e an tobar agad a chur anns an liosta thobraichean a-mhàin. Nuair a nì thu feum de bheachd-smuaintean no barailean bho ùghdaran eile anns an obair agad, feumaidh tu luaidh a thoirt orra cuideachd anns na h-àiteachan freagarrach.

Am feumar luaidh a thoirt agus tobar ainmeachadh airson a h-uile rud?

Tha caochladh sheòrsaichean stuth far nach fheumar luaidh a thoirt no tobar ainmeachadh:

- Fìrinnean a tha gu math stèidhichte no eòlas coitcheann m.e. Thòisich an Dàrna Cogadh Mòr an 1939
- Rannan do phàistean, seanfhacail is a leithid a tha stèidhichte o chionn fada
- Do smuaintean is do bheachdan fhèin

Tha e cudromach cuimhneachadh gum faodar gum bi car de dh'amharas ann mu na gnothaichean seo, mar sin **ma tha teagamh sam bith ann, thoir luaidh.**

Mar a chuireas tu an leabhar-iùil seo gu feum

Is e a tha fa-near san leabhar-iùil seo cuideachadh leat a bhith nad sgrìobhaiche is nad rannsaiche misneachail, neo-eisimeileach. Tha trì pàirtean ann:

Earrannan 2-4 Cuidichidh iad seo leat a bhith a' tuigsinn nam prionnsabalan a bhuineas don ghnòthach, mar a bhios e ag amharc nuair a bheir thu luaidh gu ceart, càit am faigh thu am fiosrachadh a bhios a dhìth airson luaidh no nòtaichean tobair a thoirt, agus na dòighe a bhios iad co-cheangailte ri chèile.

Earrannan 5-9 Cuiridh na h-earrannan seo sìos an cruth clàir mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair le stuthan cumanta de dhiofar sheòrsaichean – teacsa, gnothaichean air loidhne, stuthan claisneach is lèirsinneach, is bheir iad eisimpleirean soirbh rin tuigsinn de gach seòrsa. Nuair a thuigeas tu na prionnsabalan a bhuineas don ghnòthach, gheibh thu stiùireadh clis, feumail san earrainn seo air an dòigh a còir iomradh a thoirt air diofar thobraichean – òrdugh an fhiosrachaidh, puingeachadh is eile.

Earrannan 10-11 An seo gheibh thu freagairtean air ceistean bitheanta agus molaidhean a thaobh stuthan eile a leughas tu.

Chùm sinn co-chothromachd eadar liosta a dhèanamh de gach uile seòrsa tobair a dh'fhaodadh a bhith ann agus an t-iùil a chumail cruinn agus soirbh ri a ùisneachadh. Mar sin, faodaidh e bhith, fìor chorr' uair, gum feum thu luaidh agus tobar a thoirt airson seòrsa ainneamh de stuth nach eil air a ghabhail a-steach anns an leabhar-iùil seo. Chan eagal dhuit ged nach fhaigh thu iùil mionaideach le rudeigin den t-seòrsa; dìreach cuimhnich a' chomhairle seo a leanas:

- **Iomadh uair bheir thu tobar airson stuthan a tha cosail ri chèile ann an dòigh a tha an ìre mhath an aon rud** mar sin ged nach bi an seòrsa stuth a tha thu ag iarraidh tobar a thoirt air a shon air a ghabhail a-steach anns an leabhar-iùil seo, nì thu a-mach iomadh uair mar a bheir thu tobar air a shon tro bhith ag amharc air an iùil airson stuthan a tha cosail ris. Mar eisimpleir, bheir thu tobar airson clàradh de dhealbh-chluich a fhuair thu ann an cruth eileagtronaigeach tro bhith a' cur còmhla eileamaidean den dòigh a bheir tobar airson dealbh-chluich air a chur air air an àrd-ùrlar agus an dòigh a bheir thu tobar film a fhuair thu ann an cruth eileagtronaigeach.
- **Cùm ris na riaghailtean a leanas a chum 's gum bi thu ceart**

Bi PONGAIL a thaobh co às a thig a h-uile rud, a' gabhail a-steach àireamhan dhuilleagan ma chòmhdaicheas tu facail no ma chuireas tu atharrachadh crutha air na facail, no ma bheir thu geàrr-chunntas air fiosrachadh air duilleig shònraichte de thobar. Bi cinnteach gun tèid aig leughadairean eile air a' bheachd-smuain, an ìomhaigh no an dàta àireamhach a thog thu a lorg gu pongail.

Bi DIONGMHALTA is dèan cinnteach gu bheil a h-uile gin de na tobraichean air an tug thu luaidh air a ghabhail a-steach anns an liosta thobraichean, agus gu bheil an dà eileamaid co-cheangailte ri chèile leis gu bheil iad a' tòiseachadh leis an aon ùghdar is bliadhna.

Cùm gu **LEANAILTEACH** ris an aon dòigh – is e sin an riaghailt as cudromaiche! Dèan cinnteach gun do chùm thu ris an aon mhodh tron phàipear acadaimigeach agad air fad.



Tionntaidh gu earrainn 2 airson:

Harvard gu cruinn

Tionntaidh gu earrainn 3 airson:

Fiosrachadh air luaidh a thoirt

Tionntaidh gu earrainn 4 airson:

Fiosrachadh air mar a chruthaicheas tu liosta thobraichean

Tionntaidh gu earrannan 5-9 airson:

Chlàran a' cur sìos mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair le stuthan cumanta de dhiofar sheòrsaichean – teacs, gnothaichean air loidhne, stuthan claisneach is lèirsinneach


Tionntaidh gu earrannan 10-11 airson:

Cheistean bitheanta agus stuthan eile a leughas tu

2. Harvard gu cruinn

Mìneachadh goirid air dà eileamaid dòigh Harvard air tobraichean ainmeachadh

Nuair a bhios tu a' dèanamh pìos obair sgrìobhte is thu a' cur feum air facail is beachd-smuaintean dhaoine eile, feumaidh tu an aithneachadh, tro bhith a' toirt luaidh orra is ag ainmeachadh an tobair às an tàinig iad. Tha caochladh dhòighean ann air seo a dhèanamh; is e an cruth ris an gabhar airson oileanaich fho-cheuma agus oileanaich fhor-cheuma theagaisgte aig UHI **dòigh bhun-tomhasach Harvard**. Tha dà eileamaid ann an dòigh Harvard air tobraichean ainmeachadh:




Is e fear de dh'fheartan dòigh Harvard gun cùm an luaidh goirid a bheirear san teacsa fhèin an obair agad o bhith dòmhlaichte le mòran fiosrachaidh ann an camagan no bonn-nòtaichean mu na tobraichean air an do chuir thu feum. Bidh am fiosrachadh seo air a chur san liosta thobraichean aig deireadh na h-obrach agad. San liosta thobraichean gheibhear fiosrachadh iomlan air na stuthan air fad air an tug thu luaidh san obair agad.

An aire: Cha bu chòir do thobar a bhith ann ach **an uair** san liosta thobraichean ged a bhios iomadach luaidh san teacsa fhèin air an tobar sin anns a' phàipear agad.



Tha an diagram gu h-ìseal a' leigeil fhaicinn a' cho-cheangail eadar an luaidh am broinn an teacsa fhèin agus an liosta thobraichean. Tha gach luaidh air a cho-cheangal ri gnothach san liosta thobraichean leis gu bheil e a' tòiseachadh leis an aon ùghdar (no ùghdar corporra) agus bliadhna. Bidh atharrachaidhean beaga san luaidh agus anns na tobraichean a rèir an t-seòrsa stuth a th' ann (m.e. leabhar, iris, làrach-lìn is eile). Bidh an liosta thobraichean air a h-eagrachadh an òrdugh na h-aibidil a rèir sloinneadh an ùghdair.



Seo eisimpleirean a leigeas fhaicinn mar a bheir thu luaidh is mar a dh'ainmicheas tu an tobar airson nan trì seòrsaichean as cumanta de stuth:

Luaidh am broinn an teacsa fhèin

Leabhar

Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus bliadhna an fhoillseachaidh

Tro rannsachadh gnìomhaichte chaidh cleachdaidhean ann an teagasg a neartachadh (Morrison 2006).

Làrach no goireas air an lìon

Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair no an t-ùghdar corporra, agus an sin bliadhna an fhoillseachaidh no a' bhliadhna a chaidh an làrach-lìn ùrachadh mu dheireadh. Mura tèid agad air a' bhliadhna a lorg air làraich cuir 'g.ch.' is e sin 'gun cheann-là'

Le bathar-bog dhuilleagan-clèithe thàinig oifisean gu bhith nas èifeachdaiche (Microsoft 2006).

Alt ann an iris

Eadar camagan cuir sloinneadh an ùghdair (no sloinnidhean nan ùghdar ma tha còrr is aon dhiubh ann) agus bliadhna an fhoillseachaidh

Fhuair rannsachadh co-cheangal eadar daoine a bhith riarachtaiche san obair aca agus giùlan beusach san àite obrach (Valentine *et al.* 2010)

Liosta thobraichean

Cuir àite an fhoillseachaidh is am foillsichear san liosta thobraichean

Morrison, I. (2006) *Evidence-Based Practice in Education*. London: Macmillan

Cuir seòladh na làraich-lìn san liosta thobraichean agus an ceann-là a chaidh thu chun na làraich no a' ghoireis

Microsoft Ltd. (2006) *Using Excel* [online]. Ri fhaotainn o <<http://www.office.com/excel/howto>> [20 Iuchar 2010]

Cuir sloinneadh nan ùghdar air fad. Cuideachd, cuir tiotal an uilt is tiotal na h-iris, àireamh an tuim is na h-iris, agus àireamhan nan duilleagan

Valentine, S., Varca, P., Godkin, L. and Barnett, T. (2010) 'Positive Job Response and Ethical Job Performance.' *Journal of Business Ethics* 91 (2), 195-206

Airson suas ri trì ùghdaran, thoir sloinnidhean nan ùghdar air fad nuair a bheir thu luaidh san teacsa. Ach, ma tha còrr is trìuir ann cuir *et al.*
Cuir ainmean nan ùghdar uile san liosta thobraichean airson aithneachadh iomlan a thoirt dhaibh.

Corr' uair is e buidheann, is chan e duine fa leth, a chuireas a-mach stuth. Is e ùghdar corporra a theirear ri seo. Bidh tu a' toirt luaidh agus ag ainmeachadh tobar air an son seo mar as àbhaist ach is e a' bhuidheann a bheir thu mar ùghdar is chan e duine fa leth.

Tionntaidh gu earrainn 3 airson:

Fiosrachadh air luaidh a thoirt

Tionntaidh gu earrainn 4 airson:

Fiosrachadh air mar a chruthaicheas tu liosta thobraichean

Tionntaidh gu earrannan 5-9 airson:

Chlàran a' cur sìos mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair le stuthan cumanta de dhiofar sheòrsaichean – teacs, gnothaichean air loidhne, stuthan claisneach is lèirsinneach

Tionntaidh gu earrannan 10-11 airson:

Cheistean bitheanta agus stuthan eile a leughas tu

3. Luaidh a thoirt am broinn an teacsa fhèin

Mar a bheir thu luaidh air tobar am broinn an teacsa fhèin

Prionnsabalan is mìneachadh air facail

Is e luaidh a thoirt am broinn an teacsa fhèin tè de dhà eileamaid bhunaiteach dòigh Harvard air a bhith ag ainmeachadh thobraichean, agus is e an liosta thobraichean an eileamaid eile.

Is e as ciall do **luaidh** a bhith a' comharrachadh am broinn an teacsa agad gur ann le cuideigin eile a chaidh na beachd-smuaintean no na barailean air a bheil thu a' sgrìobhadh, no na h-ìomhaighean a tha thu ag ath-riochdachadh a chur an cèill no a chruthachadh an toiseach. Dh'fhaodadh seo a bhith nuair a chòmhdaicheas tu facail, nuair a bheir thu atharrachadh crutha no geàrr-chunntas air facail, nuair a dh'ath-riochdaicheas tu ìomhaigh no clàr, agus a leithid eile.

Còmhachadh: Dearbh fhacail ùghdar a chur gu feum (eadar cromagan turrach).

Atharrachadh crutha a thoirt air facail: Beachd-smuaintean no barailean ùghdair a chur anns na facail agad fhèin.

Geàrr-chunntas a thoirt: Argamaid no barail ùghdair san fharsaingeachd a riochdachadh anns na facail agad fhèin.

Bheir luaidh anns an teacsa fhèin fiosrachadh goirid don leughadair mun tobar agad: an t-ùghdar, a' bhliadhna, agus àireamhan nan duilleagan ma chòmhdaicheas tu facail, no ma bheir thu atharrachadh crutha no geàrr-chunntas air fiosrachadh air duilleig shònraichte. Is ann san liosta thobraichean agad a bheir thu fiosrachadh iomlan mun tobar agad a' gabhail a-steach an t-àite anns an deach fhoillseachadh agus am foillsichear.

Corr' uair is e buidheann, is chan e duine fa leth, a chuireas a-mach stuth. Is e ùghdar corporra a theirear ri seo. Bidh tu a' toirt luaidh agus ag ainmeachadh tobar air an son seo mar as àbhaist ach is e a' bhuidheann a bheir thu mar ùghdar is chan e duine fa leth.

Ciamar a bheir mi luaidh am broinn an teacsa?

1. Thoir sloinneadh an ùghdair, no an t-ùghdar corporra, a' bhuidheann, an dealbhadair, an neach-deasachaidh mura bheil ùghdar ann (m.e. Smith).
2. Thoir a' bhliadhna anns an deach an tobar a chur a-mach (m.e. 2006).
3. Thoir àireamhan nan duilleagan ma CHÒMHDAICHEAS tu facail, no ma bheir thu ATHARRACHADH CRUTHA no GEÀRR-CHUNNTAS air facail no beachd-smuaintean air duilleig shònraichte den tobar. Ach mas ann a' toirt geàrr-chunntas air na thagair ùghdar ann an leabhar no alt iomlan a tha thu, cha ruig thu leas àireamhan dhuilleagan a thoirt.

Eisimpleirean

Facail a chòmhachadh gu pongail:

Tha Aitken a' cumail a-mach a thaobh làraichean tiodhlacaidh airson tramasgail "nach eil iad cosg-èifeachdach" (2006: 48).

Atharrachadh crutha a thoirt air facail:

Tha Aitken a' cumail a-mach gu bheil làraichean tiodhlacaidh airson tramasgail daor agus neo-èifeachdach (2006: 48).

Geàrr-chunntas a thoirt air leabhar no alt iomlan:

Tha rannsachadh a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid a' leigeil ris fiosrachadh ùr mu bhochdainn am measg chloinne ann an Alba (Weir 2007).

Geàrr-chunntas a thoirt air puing a nithear air dà dhuilleig de leabhar no alt, is an dàrna tè a' tighinn an dèidh na tè eile:

Bheir an leabhar eisimpleirean den dòigh a bhios cleachdainnean phàrantan a thaobh itheadh a' toirt buaidh ann an dòigh dhìreach air cloinn (Taylor 2006: 19-20).

Eisimpleir de luaidh am broinn teacsa

Geàrr-chunntas

An seo bheirear **geàrr-chunntas** air na sgrìobh ùghdar; chuir an sgrìobhaiche an cèill gu cruinn argamaid choitcheann a nithear tron tobar air fad, mar sin cha toirear ach ainm an ùghdair agus bliadhna an fhoillseachaidh. Thoir an aire gur ann *an dèidh* an luaidh san teacsa eadar camagan a thig an stad-phuing

Geàrr-chunntas a thoirt air làraich-lìn

An seo bheirear geàrr-chunntas air **làraich-lìn**, mar sin bheirear luaidh air a' chompanaidh a chruthaich an làrach mar ùghdar corporra agus a' bhliadhna anns an deach an làrach a chruthachadh no ùrachadh mu dheireadh

Mary, Queen of Scots, returned to Scotland in 1561, and abdicated in 1567. Discuss the reasons for the political turbulence of this period.

There are various reasons for the political turbulence in Scotland during this period (Smith 2006). Morrison suggests that the emergence of new religion and Knox were major factors (1997: 57). It is true, while Mary recognised the new church, she did not allow its full establishment, and she herself continued to celebrate Mass, to the horror of John Knox and others (Marie Stewart Society 1998). However, the reasons are more complex and "immersed in subterfuge" (Longley 2007: 48) than this.

Mary had tried hard to make friends with the English queen, Elizabeth I, and sided with the moderate nobles in Scotland. When an attempt to form an alliance with Spain through marriage failed, she married her second cousin Henry, Lord Darnley in 1565, at Holyrood Palace shown in figure 1:



Figure 1: Holyrood Palace (Major 1974: 78)

Còmhachadh dìreach

An seo is e dearbh fhacail ùghdar a tha air an cur gu feum, mar sin tha iad air an cur eadar cromagan turrach (""). Tha an luaidh a' gabhail a-steach ainm an ùghdair, a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh agus àireamh na duilleige às a bheil na facail chòmhaichte air an togail.

Atharrachadh crutha a thoirt air facail

An seo bheirear **atharrachadh crutha air facail** ùghdair; chuir an sgrìobhaiche an cèill ann am facail eadar-dhealaichte beachd-smuain shònraichte a gheibhear air duilleig shònraichte san tobar, mar sin bheirear àireamh na duilleige cho math ri ainm an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Thoir an aire air an dà-phuing ro àireimh na duilleige (:)

Feum a dhèanamh de dh'ìomhaigh à tobar clò

Tha an ìomhaigh air a comharrachadh le àireimh. Leis gur ann à tobar clò a tha an ìomhaigh, bheirear ùghdar agus bliadhna an tobair chlò sin còmhla ri àireimh na duilleige air am faighear an ìomhaigh.

Tionntaidh gu earrainn 4 airson:

Fiosrachadh air mar a chruthaicheas tu liosta thobraichean

Tionntaidh gu earrannan 5-9 airson:

Chlàran a' cur sìos mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair le stuthan cumanta de dhiofar sheòrsaichean – teacs, gnothaichean air loidhne, stuthan claisneach is lèirsinneach

Tionntaidh gu earrannan 10-11 airson:

Cheistean bitheanta agus stuthan eile a leughas tu

4. An liosta thobraichean

Na gnàthan airson an liosta thobraichean a chur ri chèile agus a' chrutha a bhios oirre

Am fiosrachadh a chuireas tu san liosta thobraichean agad

Is còir do na tobraichean air fad air an tug thu luaidh san obair agad nochdadh san liosta agus is còir dhi a bhith air duilleig fa leth aig deireadh na h-aiste no na h-obrach agad. Is ann an òrdugh na h-aibidil a rèir sloinneadh an ùghdair no an ùghdair chorporra a bhios an liosta thobraichean air a h-eagrachadh.

San liosta thobraichean agad, bidh na tobraichean air an comharrachadh air diofar dòighe a rèir an seòrsa, mar sin bidh atharrachadh crutha ann do leabhraichean, altan ann an irisean, altan ann an irisean air loidhne, làraichean-lìn is eile. Bheir dòigh Harvard, a chleachdar ann an UHI, iùl mionaideach air na leanas:

- **am fiosrachadh** a bheir thu airson gach stuth
- **an t-òrdugh** anns a bheil am fiosrachadh ri a thoirt
- **an cruth** anns a bheil am fiosrachadh seo ri a thoirt

Gheibhear fiosrachadh mun chruth a chuireas tu air na nòtaichean a bheir thu airson iomadach diofar seòrsa tobair ann an earrannan 5-9 den leabhar-iùil seo ach bheirear na trì prìomh sheòrsaichean stutha air an cuir thu feum gu h-ìseal.



Leabhraichean

Airson **leabhraichean**, feumaidh tu na leanas a chur san nòta thobair agad:

- Sloinneadh agus ciad litir ainm an ùghdair no an neach-deasachaidh
- A' bhliadhna anns an deach an obair fhoillseachadh
- An tiotal
- Àireamh na h-iris (ma tha a leithid ann)
- An t-àite anns an deach fhoillseachadh
- Am foillsichear

Is e sloinneadh agus ciad litir ainm an ùghdair a thig an toiseach, agus an sin a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh eadar camagan agus an dèidh sin an tiotal ann an clò eadailteach. Bheirear an t-àite anns an deach fhoillseachadh ann an ciallradh ùr le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Ma bhios barrachd is aon àite foillseachaidh ann, na toir ach a' chiad fhear às an liosta san leabhar.

Ùghdar, A. (bliadhna foillseachaidh) *Tìotal an leabhair* Nmh deasachadh. Àite foillseachaidh: Foillsichear

Ball, M. (1997) *Consulting with Parents: Guidance for Good Practices* 2na deasachadh. Lunnainn: National Early Years Network

Leabhar le neach-deasachaidh

David, T. (deas.) (1993) *Educating our Youngest Children: European Perspectives*. Lunnainn: Paul Chapman Publishing

Làraichean-lìn

Airson làraichean-lìn no goireasan air an lìon, feumaidh tu na leanas a chur san nòta thobair agad:

- Sloinneadh agus ciad litir ainm an ùghdair no ainm na companaidh a chruthaich an làrach no an goireas ('an t-ùghdar corporra')
- A' bhliadhna anns an deach an làrach fhoillseachadh/ùrachadh mu dheireadh
- Tìotal na làraich
- Seòladh na làraich
- An ceann-là a chaidh thu chun na làraich/a'ghoireis

Mura tèid agad air a' bhliadhna a lorg air làraich, is e as fheàrr, a chum 's gum bi thu pongail, 'g.ch.' a sgrìobhadh, airson 'gun cheann-là'. Ma tha an dà chuid bliadhna dlighe-sgrìobhaidh agus bliadhna an ùrachaidh mu dheireadh air an làraich, thoir bliadhna an ùrachaidh mu dheireadh san luaidh agus san liosta thobraichean agad.

Is e sloinneadh agus ciad litir ainm an ùghdair a thig an toiseach, agus an sin a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh eadar camagan agus an dèidh sin tiotal na làraich-lìn/a'ghoireis ann an clò eadailteach. An dèidh stad-phuing sgrìobh 'Ri fhaotainn bho' agus cuir a-steach seòladh na làraich eadar saidhean mar seo (<>). Mu dheireadh, eadar camagan ceàrnach sgrìobh an ceann-là a chaidh thu chun na làraich.

Ùghdar, A. (bliadhna foillseachaidh/ùrachaidh) *Tìotal na Làraich-lìn no a'ghoireis* [air loidhne]. Ri fhaotainn bho <Seòladh na làraich> [Latha Mìos Bliadhna]

Holland, M. (1996) *Harvard system* [air loidhne]. Ri fhaotainn bho <<http://www.bournemouth.ac.uk/servicesdepts/lis/LIS-pub/harvardsyst.html>> [16mh Dùbh 2009]

Altan ann an irisean

Airson altan ann an irisean, feumaidh tu na leanas a chur san nòta thobair agad:

- Sloinneadh agus ciad litir ainm an ùghdair/nan ùghdar
- A' bhliadhna anns an deach an iris fhoillseachadh
- Tìotal an uilt
- Tìotal na h-iris
- Àireamh an tuim agus na h-iris
- Àireamhan nan duilleagan

Is e sloinneadh agus ciad litir ainm an ùghdair a thig an toiseach. Far a bheil barrachd is aon ùghdar aig an alt, cuir na h-ainmean san òrdugh anns an tig iad san iris. An sin cuir a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh eadar camagan agus an


sin tiotal an uilt eadar cromagan turrach singilte. An dèidh stad-phuing cuir: tiotal na h-iris ann an clò eadailteach, àireamh an tuim agus an sin àireamh na h-iris eadar camagan ma tha a leithid ann agus an dèidh sin cromag. Mu dheireadh cuir na duilleagan air am faighear an t-alt air an dealachadh le tàthan.


Ùghdar, A. (bliadhna foillseachaidh) 'Tìotal an Uilt'. *Tìotal na h-Iris* àireamh an tuim (àireamh na h-iris), àireamh duilleig-àireamh duilleig

Potter, F., Pavliotis, M., Kiran, D., Qureshi, H. A., agus Ball, R. (2005) 'White noise and particle behaviour'. *Journal of Mathematics and Physics* 2 (1), 67-81

Far an amais thu air mion-fhiosrachadh foillseachaidh

Ann an stuthan teacsa, is àbhaist gum bi am fiosrachadh a dh'fheumas tu cur san luaidh no san liosta thobraichean agad ri a lorg air na ciad dhuilleagan:





A' bhliadhna anns an deach a' chiad deasachadh fhoillseachadh

A' bhliadhna anns an deach an deasachadh seo fhoillseachadh

First published 1996
This second edition published 2004
Simultaneously published in the UK, USA and Canada
by Routledge
29 West 35th Street, New York, NY 10001
and Routledge
11 New Fetter Lane, London EC4P 4EE

Foillsichear

Routledge is an imprint of the Taylor & Francis Group
© 1996, 2004 Marvin Carlson

Typeset in Palatino by Wearset Ltd, Boldon, Tyne and Wear, England
Printed and bound in Great Britain by TJ International, Padstow, Cornwall

All rights reserved. No part of this book may be reprinted or reproduced or utilized in any form or by any electronic, mechanical, or other means, now known or hereafter invented, including photocopying and recording, or in any information storage or retrieval system, without permission in writing from the publishers.

Library of Congress Cataloging in Publication Data
Carlson, Marvin A., 1935—
Performance: a critical introduction / Marvin Albert Carlson.—
2nd ed.

p. cm.
Includes bibliographical references and index.
1. Performance art—United States. 2. Arts, American—20th century. 3. Performance art. 4. Arts, Modern—20th century. I. Title.

NX504.C35 2003
700'.973'09045—dc21 2003007508

British Library Cataloguing in Publication Data
A catalogue record for this book is available from the British Library

ISBN 0-415-29926-8 (hbk)
ISBN 0-415-29927-6 (pbk)

Ìomhaigh air a togail bho Carlson, M. (2004) *Performance: A Critical Introduction* (2na Deasachadh). New York: Routledge. www.tandf.co.uk.

Tha mòran leabhraichean Taylor & Francis agus Routledge ri am faotainn mar leabhraichean d. www.Ebookstore.tandf.co.uk

Cho math ri bhith cinnteach gu bheil a h-uile rud a chuireas tu san liosta thobraichean agad ceart, dèan cinnteach cuideachd:

- gum bi a h-uile loidhne às dèidh na ciad tè eagaichte (air a tarraing a-steach a dh'ionnsaidh na làimhe dheis air falbh o iomall na duilleig) a chum 's gum bi an t-ùghdar soilleir ri fhaicinn
- gum bi loidhne bhàn eadar gach gnothach a tha clàraichte
- nach bi stad-phuing aig deireadh gach gnothach

Leigidh an eisimpleir de liosta thobraichean gu h-ìseal fhaicinn mar a bu chòir do ghnothaichean a bhith air an eagrachadh gu ceart.

Leabhar

Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh eadar camagan, agus an dèidh sin an tiotal ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh, dà-phuing (:) agus an sin am foillsichear.

Tobar lèirsinneach

Thoir nòta thobair mar a dhèanadh tu le tobar sgrìobhte. Mar eisimpleir, ma dh'ath-riochdaicheas tu dealbh à leabhar, thoir nòta thobair iomlan airson an leabhair sin.

Dèan liosta de na h-ùghdaran an òrdugh na h-aibidil a rèir an sloinnidh

Eagaich teacsa sam bith an dèidh na ciad loidhne

List of references

Abrahams, B. (2000) *The City and the Citizens*. Edinburgh: Edinburgh University Press

Carr, S. (1955) *The Cityscape*. Glasgow: Collins

Centre for Academic Writing (2005) *The List of References Illustrated* [online]. Available from <<http://www.home.ched.coventry.ac.uk/caw/harvard/index.htm>> [20 July 2005]

Padda, J. (2003) 'Creative Writing in Edinburgh' *Journal of Writing Studies* 3 (2), 44-59

Smith, A. (2006) 'Academic Writing Today' *Journal of Scholarly Writing* [online] 2 (1), 89-93. Available from <<http://writing.com/academic/scholarship-journal.htm>> [25 May 2006]

Smith, J. (2002) *Education and online learning: Teaching in the Internet age*. London: Online Learning Press

---. (2005a) *Psychological aspects of learning*. London: Learning Press

---. (2005b) *Teaching and Teaching Styles*. Oxford: Oxford Publishing

Làrach-lìn

Thoir ainm na buidhne a chruthaich an làrach-lìn mar ùghdar. Thoir a' bhliadhna anns an deach a cruthachadh no a h-ùrachadh mu dheireadh eadar camagan ma bhios seo air a solar. Mura bi, faodaidh tu 'g.ch.' a sgrìobhadh eadar camagan airson 'gun cheann-latha', no 'c.' a chur ann an clò eadailteach (airson circa) a thoirt bliadhna a bhios an ìre mhath dlùth air an tè fhìrinnich. Thoir an làrach ann an clò eadailteach, agus an sin sgrìobh 'air loidhne' eadar camagan ceàrnach. Sgrìobh 'ri fhaotainn bho', agus thoir seòladh iomlan na làraich-lìn a' tòiseachadh le '<' agus a' crìochnachadh le '>'. Mu dheireadh, thoir an ceann-latha air an deach thu chuire eadar camagan ceàrnach.

Ma chuireas tu diofar thobraichean leis an aon ùghdar cuir san òrdugh anns an deach am foillseachadh iad leis an fhear as sine an toiseach. Cuir ---. seach ainm an ùghdair a chur a-rithist. Ma chuireas tu diofar thobraichean san liosta leis an aon ùghdar is iad air an cur a-mach **san aon bhliadhna**, cuir 'a' ris a' chiad thobar, 'b' ris an dàrna fear, is mar sin air aghaidh san òrdugh anns an deach am foillseachadh leis an fhear as sine an toiseach

Alt ann an clò ann an iris

Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna anns an deach an iris a chur a-mach eadar camagan. Cuir tiotal an uilt eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Thoir tiotal na h-iris ann an clò eadailteach agus an sin àireamh an tuim le cromag na dhèidh, agus an sin àireamh na h-iris eadar camagan ma tha a leithid ann. Mu dheireadh, thoir àireamh ciad dhuilleag agus duilleag mu dheireadh an uilt air an dealachadh le tàthan (-).

Alt ann an iris a chaidh a leughadh air loidhne

Thoir nòta airson alt ann an iris air an dòigh as àbhaist ach cuir 'air loidhne' eadar camagan ceàrnach an dèidh tiotal na h-iris. An dèidh àireamhan nan duilleagan cuir stad-phuing, sgrìobh 'Ri fhaotainn bho' agus thoir an seòladh lìn iomlan a' tòiseachadh le '<' agus a' crìochnachadh le '>'. Mu dheireadh, thoir an ceann-latha air an deach thu chun an uilt eadar camagan ceàrnach.

Tionntaidh gu earrannan 5-9 airson:

Chlàran a' cur sìos mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair le stuthan cumanta de dhiofar sheòrsaichean – teacsa, gnothaichean air loidhne, stuthan claisneach is lèirsinneach

Tionntaidh gu earrannan 10-11 airson:

Cheistean bitheanta agus stuthan eile a leughas tu

5. Tobraichean teacsa

Mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair airson thobraichean teacsa a' gabhail a-steach thobraichean eileagtronaigeach de leithid làraichean-lìn, bhlogaichean agus leabhraichean-d

Tobraichean teacsa a chleachdar am bitheantas

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Leabhar iomlan	<p>Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.</p> <p>Feumaidh tu àireamhan nan duilleagan a chur ann ma tha thu a' còmhachadh fhacal gu pongail, a' cur atharrachadh crutha air na facail no a' bruidhinn air duilleig no duilleagan sònraichte.</p>	<p>Tro rannsachadh gnìomhaichte chaidh cleachdaidhean ann an teagasg a neartachadh (Morrison 2006).</p> <p>Tro rannsachadh gnìomhaichte chaidh "cleachdaidhean ann an teagasg agus ionnsachadh a chur am feabhas gu mòr" (Morrison 2006: 27).</p>	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan, agus an dèidh sin an tìotal ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	<p>Morrison, I. (2006) <i>Evidence-Based Practice in Education</i>. Lunnainn: Macmillan</p> <p>Ball, M. (1997) <i>Consulting with Parents: Guidance for Good Practices</i> 2na deasachadh. Lunnainn: National Early Years Network</p>
Caibideil no aiste le ùghdar sònraichte ann an cruinneachadh dheasaichte	<p>Corr' uair cha bhi agad ach luaidh a thoirt air aon chaibideil no earrainn à leabhar anns a bheil iomadach caibideil no aiste le caochladh ùghdaran.</p> <p>Eadar camagan thoir sloinneadh ùghdar a' chaibideil no na h-aiste air a bheil thu ag iarraidh luaidh a thoirt (is chan e neach-deasachaidh an leabhair) agus an sin a' bhliadhna a chaidh an cruinneachadh fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann às dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.</p>	Thòisich àireamhan nan gealbhonn air crìonadh mu dheireadh nam bliadhnachan 1960 (Aggarwal 2005: 56).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean ùghdar a' chaibideil, agus an sin a' bhliadhna anns an deach an leabhar fhoillseachadh eadar camagan. Cuir tìotal a' chaibideil eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Am broinn' agus thoir tìotal an leabhair ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'deas. le' agus thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach-deasachaidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Mu dheireadh cuir àireamhan nan duilleagan air am faighear an caibideil no an aiste an dèidh cromag.	Aggarwal, B. (2005) 'The declining British bird population'. Am broinn <i>A guide to contemporary ornithology</i> . deas. le Adams, G. Lunnainn: Palgrave, 66-99

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Leabhar sgrìobhte le barrachd is aon ùghdar	<p>Eadar camagan thoir sloinnidhean nan ùghdar air fad agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.</p> <p>Airson suas ri trì ùghdaran, thoir sloinnidhean nan ùghdar air fad nuair a bheir thu luaidh san teacsa.</p> <p>Ach, ma tha còrr is triùir ann cuir <i>et al.</i></p>	<p>Tha Cox, Patel, is Pavliotis (2004) a' cnuasachadh air Breatainn a bhith a' gabhail ris an iùro san àm ri teachd.</p> <p>Fletcher <i>et al.</i> (2006: 88) a' tagradh gun deach luach bhilleanan dolair de dhìol adhbharachadh san linn seo le atharrachadh sa ghnàth-shìde air feadh an t-saoghail.</p>	<p>Cuir ainmean nan ùghdar san òrdugh anns an tig iad san tobar. Airson gach ùghdar cuir an sloinneadh an toiseach agus ciad litrichean nan ainmean na dhèidh. Cuir cromag eadar gach ùghdar. Cuir a' bhliadhna a chaidh fhoillseachadh eadar camagan agus an sin thoir an tiotal ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.</p> <p>Nuair a tha thu a' toirt luaidh am broinn an teacsa faodaidh tu <i>et al.</i> a chur airson barrachd is trì ùghdaran, ach san liosta thobraichean is còir dhut na h-ùghdaran air fad a thoirt a chum 's gun aithnich thu iad gu h-iomlan.</p>	<p>Fletcher, J., Mitchell, G., Wilding, S. agus Franklin, P. (2006) <i>The Impact of Global Climate Change</i>. Oxford: Oxford University Press</p>
<p>Is e giorrachadh a th' ann an <i>et al.</i> air "<i>et alii</i>"; a tha a' ciallachadh 'agus feadhainn eile' ann an Laideann agus, mar as còir leis a h-uile abairt choigreach, is còir a chur ann an clò eadailteach. Tha stad-phuing ann an dèidh <i>al.</i> a chionn 's gun e giorrachadh a th' ann air an fhacal iomlan. Cuimhnich, mas ann sa Bheurla a tha thu a' sgrìobhadh, ged nach toirear ach an aon sloinneadh, gur ann air barrachd is aon ùghdar a tha thu a' bruidhinn, agus gum feum an ath ghnìomhair san abairt agad a bhith a rèir an iolra is chan e an t-singilte (m.e. "<i>Fletcher et al. argue...</i>" seach "<i>Fletcher et al. argues...</i>")</p>				
Leabhar a chaidh a chur a-mach le buidhinn (ùghdar corporra)	<p>Eadar camagan thoir ainm an ùghdair chorporra agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.</p> <p>Corr' uair is e buidheann, is chan e duine fa leth, a chuireas a-mach stuth. Is e ùghdar corporra a theirear ri seo. Bidh tu a' toirt luaidh agus ag ainmeachadh tobar air an son seo mar as àbhaist ach is e a' bhuidheann a bheir thu mar ùghdar is chan e duine fa leth.</p>	<p>Cha deach buannachdan iomadh seòrsa leigheas co-phàirteach a dhearbhadh fo chumhaichean saidheansail. (Comann Meidigeach Bhreatainn 1980).</p>	<p>Thoir ainm na buidhne agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh eadar camagan agus an sin an tiotal ann an clò eadailteach agus stad-phuing na dhèidh. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.</p>	<p>Comann Meidigeach Bhreatainn, Bòrd Saidheans agus Foghlaim (1980) <i>Alternative medicine reviewed</i>. Lunnainn: Harwood Academic</p>

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Leabhar-d a chaidh a leughadh air-loidhne (m.e. My iLibrary, DawsonEra, is m.s.a.a.)	Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Bidh na hippocampus a' cluich pàirt chudromach ann a bhith a' cruthachadh cuimhne agus cuideachd ann a bhith mothachail air fànas (Innes 2005:78).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan agus an tiotal ann an clò eadailteach agus an sin sgrìobh 'air loidhne' ann an camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. Thoir àireamh an deasachaidh ma bhios sin iomchaidh, le stad-phuing na dhèidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Ri fhaotainn bho' agus thoir seòladh iomlan na làraich-lìn a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le > agus an sin an ceann-latha air an deach thu chun an leabhair ann an camagan ceàrnach.	Innes, V. (2005) <i>An introduction to human anatomy</i> [air loidhne]. 4mh deas. Lunnainn: Adam Arnold. Ri fhaotainn bho < http://anatomy/introduction/human/htm > [27 Màrt 2006]
Leabhar-d air a luchdachadh a-nuas ri leughadair-d (m.e. Kindle, Sony, is m.s.a.a.)	Eadar camagan thoir sloinneadh ùghdar an leabhar agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh gu h-eileagtronaigeach. Lorgar seo le bhith a' dol chun na h-aithris dlighe-sgrìobhaidh bhon chlàr-innse.	Thathas a' leasachadh caractar an lorg-phoileis boireann na h-aonar san aon dòigh (Mina 2013: Caibideil 6). Nota – leis nach eil àireamhan dhuilleagan aig leughadairean-d gu tric, cleachd àireamhan nan caibideilean gus àitean san leabhar a chomharrachadh.	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan, agus an dèidh sin an tiotal ann an clò eadailteach, an sin 'leabhar-d' ann an camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Ma dh'fheumas tu pàirt de leabhar a chomharrachadh (m.e. caibideil ann an leabhar dheasaichte), lean am pròiseas airson leabhraichean clò-bhuailte, ach cuir 'leabhar-d' ann an camagan ceàrnach mar a chì thu san eisimpleir. Mur a bheil àireamhan dhuilleagan ann, cleachd àireamhan chaibideilean gus am pàirt den leabhar air a bheil thu a' toirt luaidh a chomharrachadh.	Mina, D. (2013) <i>Red Road</i> [leabhar-d]. Lunnainn: Orion Aggarwal, B. (2005) 'The declining British bird population'. Ann an <i>A guide to contemporary ornithology</i> [leabhar-d]. deas. le Adams, G. Lunnainn: Palgrave, Caibideil 5 Bu chòir dhut fiosrachadh mu fhoillseachadh leabhraichean-d a lorg le bhith a' dol chun na h-aithris dlighe-sgrìobhaidh bhon chlàr-innse.

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Alt ann am pàipear naidheachd	Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Is coltach gu bheil alt a nochd ann am pàipear naidheachd o chionn ghoirid a' daingneachadh a' bheachd gun tàinig atharrachadh air inbhe bith-eòlas mar an saidheans 'air nach eil meas' (Rankin 2002: 4-5).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus a' bhliadhna eadar camagan, agus an sin cuir tiotal an uilt eadar cromagan singilte le stad-phuing na dhèidh. Thoir tiotal a' phàipeir naidheachd ann an clò eadailteach, agus an sin an ceann-latha pongail air an deach fhoillseachadh, cromag agus mu dheireadh àireamhan nan duilleagan.	Rankin, E. (2002) 'Biology is Britain's best discipline'. <i>The Independent</i> 20 Iuchar 2009, 4-5
Alt ann an clò ann an iris	Eadar camagan thoir sloinnidhean nan ùghdar agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Fhuair rannsachadh a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid co-cheangal eadar daoine a bhith riarachta san obair aca agus giùlan beusach san àite obrach (Valentine <i>et al.</i> 2010)	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan agus an sin cuir tiotal an uilt eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Thoir tiotal na h-iris ann an clò eadailteach agus an sin àireamh an tuim agus an sin àireamh na h-iris eadar camagan, ma tha a leithid ann, le cromag na dèidh. Mu dheireadh, thoir àireamhan duilleagan an uilt air fad Nuair a tha thu a' toirt luaidh am broinn an teacsa faodaidh tu <i>et al.</i> a chur airson barrachd is trì ùghdaran, ach san liosta thobraichean is còir dhuit na h-ùghdaran air fad a thoirt a chum 's gun aithnich thu iad gu h-iomlan.	Valentine, S., Varca, P., Godkin, L. agus Barnett, T. (2010) 'Positive Job Response and Ethical Job Performance'. <i>Journal of Business Ethics</i> 91 (2), 195-206 Faodar nòta thobair a dhèanamh airson altan ann an irisean coitcheann aig a bheil àireamh air gach tè a thèid a chur a-mach air a' cheart dhòigh 's a nithear e airson irisean sgoilearach

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Alt ann an iris a chaidh a leughadh ann an cruth eileagtronaigeach	<p>Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.</p> <p>Ma fhuair thu alt ann an iris air loidhne faodaidh tu mar as trice luaidh agus nòta thobair a thoirt air an aon dòigh 's a dhèanadh tu le iris ann an clò, gu sònraichte mas e tionntadh PDF a luchdaich thu a-nuas a tha thu ag uisneachadh. Mura bheil an iris ri a faotainn ach air loidhne no mar phàirt de stòr-dàta eileagtronaigeach cuir sios an seòladh air an lìon agus an ceann-latha a chaidh thu chuide a chum 's gun tèid aig an leughadair agad air an tobar seo a lorg air loidhne.</p>	<p>Fhuaras ann an rannsachadh gun urrainn do phroifeiseantaich mheidigeach a bhith air a' phrìomh adhbhar galaran a bhith air an giùlan taobh a-staigh do dh'ospadalan (Dhillon 2004: 66).</p>	<p>Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Cuir tiotal an uilt eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Thoir tiotal na h-iris ann an clò eadailteach agus an sin sgrìobh 'air loidhne' eadar camagan ceàrnach. Thoir àireamh an tuim agus an sin àireamh na h-iris eadar camagan, ma tha a leithid ann, le cromag na dèidh. An sin thoir àireamhan duilleagan an uilt air fad le stad-phuing nan dèidh. Sgrìobh 'Ri fhaotainn bho', agus thoir seòladh iomlan na làraich-lìn a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le >. Mu dheireadh, thoir an ceann-latha air an deach thu chuide eadar camagan ceàrnach.</p>	<p>Dhillon, B. (2004) 'Should Doctors Wear Ties?' <i>Medical Monthly</i> [air loidhne] 3 (1), 55-88. Ri fhaotainn bho <http://hospitals/infections/latest-advice/htm> [20 Giblean 2006]</p> <p>Faodar nòta thobair a dhèanamh airson altan ann an irisean coitcheann a leughar air loidhne air a' cheart dhòigh 's a nithear e airson altan ann an irisean sgoilearach air loidhne</p>
Aithisg	<p>Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair (no ainm an ùghdair chorporra no na comataidh mura bheil ùghdar fa leth sam bith air ainmeachadh) agus a' bhliadhna anns an deach a foillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.</p>	<p>Tha àireamh nan euslainteach a dh'fheumas cungaidhean a ghabhail airson tinneas an t-siùcair seòrsa 2 fhathast ag èirigh a h-uile bliadhna (Comataidh Dhòighean-beathachaidh Roinn na Slàinte 2006: 105).</p> <p>Tha dìon bhon chaitheimh do phàistean beaga a-nis ri fhaotainn fad is farsaing agus chaidh fiosrachadh do phàrantan air a' chuspair a dhèanamh soirbh grèim fhaotainn air leis na h-ùghdarrasan dom buin an gnothach (Slàinte na h-Alba 2005).</p>	<p>Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair no an t-ùghdar corporra agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Sgrìobh tiotal na h-aithisg ann an clò eadailteach, agus an sin stad-phuing. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach a foillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.</p> <p>Mas ann air loidhne a fhuair thu i sgrìobh 'air loidhne' ann an camagan ceàrnach an dèidh an tiotail agus cuir stad-phuing ann na dhèidh. An sin sgrìobh 'Ri fhaotainn bho' agus thoir an seòladh iomlan air an lìon a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le >, agus an sin thoir an ceann-latha air an deach thu chuide ann an camagan ceàrnach.</p>	<p>Comataidh Dhòighean-beathachaidh Roinn na Slàinte (2006) <i>A report on dietary health no. 41</i>. Lunnainn: Oifis an Fhoillseachaidh</p> <p>Slàinte na h-Alba (2005) <i>BCG and your baby: protecting babies against TB</i> [air loidhne]. Dùn Èideann: Slàinte na h-Alba. Ri fhaotainn bho <http://www.healthscotland.com/documents/320.aspx> [19 Lùnastal 2008]</p>

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Làrach-lìn no goireas air an lìon	<p>Eadar camagan thoir an t-ùghdar no an t-ùghdar corporra agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh.</p> <p>Na toir seòladh iomlan air an lìon (ris an abrar an URL) san luaidh a bheir thu am broinn an teacsa oir is ann san liosta thobraichean a thèid seo.</p> <p>Mura tèid agad air a' bhliadhna a lorg air làraich, is e as fheàrr, a chum 's gum bi thu pongail, 'g.ch.' a sgrìobhadh, airson 'gun cheann-là'.</p> <p>Ma tha an dà chuid bliadhna dlighe-sgrìobhaidh agus bliadhna an ùrachaidh mu dheireadh air an làraich, thoir bliadhna an ùrachaidh mu dheireadh san luaidh agus san liosta thobraichean agad.</p>	<p>Le bathar-bog dhuilleagan-clèithe thàinig oifisean gu bhith nas èifeachdaiche (Microsoft 2006).</p> <p>Tha na h-ìrean a choisneas oileanaich a' sior fhàs nas àirde (Fòram Nàiseanta nan Oileanach g.ch.).</p>	<p>Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair no ainm na buidhne a chruthaich an làrach-lìn mar ùghdar corporra. Thoir a' bhliadhna anns an deach a cruthachadh no a h-ùrachadh mu dheireadh eadar camagan. Thoir an tiotal ann an clò eadailteach (faodaidh gum bi agad ri tiotal iomchaidh a dhèanamh suas), agus an sin sgrìobh 'air loidhne' eadar camagan ceàrnach. Sgrìobh 'Ri fhaotainn bho', agus thoir seòladh iomlan na làraich-lìn a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le >. Mu dheireadh, thoir an ceann-latha air an deach thu chuige eadar camagan ceàrnach.</p>	<p>Microsoft Ltd. (2006) <i>Using Excel</i> [air loidhne]. Ri fhaotainn bho <http://www.office.com/excel/ how to> [20 Iuchar 2010]</p> <p>Fòram Nàiseanta nan Oileanach (g.ch.) <i>Degree Attainment</i> [air loidhne]. Ri fhaotainn bho <http://www.nsf.ac.uk/news/archive> [12 Gearran 2011]</p>

Tobraichean teacs nach eil cho cumanta

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Teachdaireachd phearsanta de leithid post dealain no litir	<p>Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach an teachdaireachd a sgrìobhadh.</p> <p>Nuair a bheir thu luaidh oirre cha ruig thu leas ach sloinneadh an ùghdair a chur ach anns an sgrìobhadh agad bu chòir dhuit an t-ainm iomlan a thoirt.</p>	Ann an teachdaireachd phearsanta, chuir Andrew Stapleton an cèill gu bheil e "gu tur an aghaidh" nan ceumannan a bhathas a' gabhail o chionn ghoirid a dhruideadh an aonaid ionadail airson thubaistean is chùisean-èiginn (Stapleton 2006).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean ùghdar na teachdaireachd agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Thoir an tiotal ann an clò eadailteach (faodaidh tu ceann cuspair a' phuist dealain uisneachadh no tiotal iomchaidh a dhèanamh suas) agus an sin sgrìobh an seòrsa teachdaireachd eadar camagan ceàrnach. Innis co chuige a bha an teachdaireachd air a cur, agus an sin thoir an ceann-latha pongail air an deach a cur eadar camagan ceàrnach.	<p>Stapleton, A. (2006) <i>Local development planning</i> [litir] a dh'ionnsaigh Patterson, P. H. [30 Cèitean 2006]</p> <p>Macrae, E. (2007) <i>How to Harvard</i> [post dealain] a dh'ionnsaigh Murray, J. [20 Dàmhair 2007]</p>
Fòram deasbaid air loidhne no liosta phuist d. (JISMAIL no Listserv)	Eadar camagan thoir sloinneadh ùghdar a' phuist dealain agus a' bhliadhna anns an deach a sgrìobhadh.	Mar a tha fhios aig nursaichean an Siorrachd Warwick gu math, tha trioblaid leantail le dìth maoinne airson an t-seòrsa seo de mhodh-leighis (Lango 2004)	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin bliadhna a' phuist dealain eadar camagan. Cuir cuspair a' phuist dealain eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Thoir ceann-latha pongail a' phuist dealain agus an sin tiotal na liosta dheasbaid phuist dealain ann an clò eadailteach. Sgrìobh 'air loidhne' eadar camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Ri fhaotainn bho' agus thoir seòladh lìn iomlan na liosta dheasbaid phuist dealain a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le > agus an sin thoir an ceann-latha air an deach am post dealain a chur eadar camagan ceàrnach.	Lango, J. (2004) 'Neuro-rehab in Warwickshire'. (30 Cèitean 2004) <i>Psychiatric Nursing</i> [air loidhne]. Ri fhaotainn bho: < http://www.jiscmail.ac.uk/psychology/training/neurorehabilitation/Warwickshire > [30 Cèitean 2005]

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Brath air blog	Eadar camagan thoir sloinneadh ùghdar a' bhraith agus a' bhliadhna anns an deach a sgrìobhadh.	Is e cuspair chonnsaideach ann am beus-eòlas meidigeach an-dràsta am bu chòir tòraidhean a h-uile deuchainn droga fhoillseachadh gus an urrainn do dh'euilaintich tighinn gu co-dhùnaidhean an dèidh fiosrachadh fhaighinn (Goldacre 2013)	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan, agus an dèidh sin tiotal a' bhraith ann an clò eadailteach (bidh a' mhòr-chuid de sgrìobhaidearan bhlogaichean a' cur tiotal air a h-uile brath). Thoir an ceann-latha pongail air an deach am brath a sgrìobhadh eadar camagan agus an uairsin sgrìobh 'air-loidhne' ann an camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Ri fhaotainn bho' agus thoir seòladh lìn a' bhraith (chan e duilleag-dachaigh a' bhloig) a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le >. Mu dheireadh, thoir an ceann-latha air an deach thu chun a' bhlog eadar camagan ceàrnach.	Goldacre, B. (2013) <i>Head-to-Head with PhRMA on transparency in the BMJ</i> (12 Iuchar 2013) [air-loidhne]. Ri fhaotainn bho < http://www.badscience.net/2013/07/head-to-head-with-phrma-on-transparency-in-the-bmj/ > [14 Lùnastal 2013]
Brath air twitter (tweet)	Eadar camagan thoir sloinneadh ùghdar an tweet agus a' bhliadhna anns an deach a sgrìobhadh.	Chleachd Barack Obama na meadhanan sòisealta gus an luchd-bhòtaidh a bhrosnachadh (Obama 2013)	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin an t-ainm neach-cleachdaidh a th' aca air Twitter eadar camagan agus an uairsin bliadhna an tweet eadar camagan. An uairsin cuir an tweet iomlan ann an clò eadailteach. Thoir an ceann-latha pongail air an deach an tweet a sgrìobhadh eadar camagan agus an uairsin sgrìobh 'air-loidhne' ann an camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Ri fhaotainn bho' agus thoir seòladh lìn an tweet a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le >. Mu dheireadh, thoir an ceann-latha air an deach thu chun an tweet eadar camagan ceàrnach.	Obama, B. (@BarackObama) (2009) <i>Finished meeting on the Hill. 4 hours before the big vote, reps are fired up and ready to go. Add your voice: http://bit.ly/3AEkDz</i> (7 Samhain 2009) [air-loidhne]. Ri fhaotainn bho < http://twitter.com/BarackObama/status/5512328451 > [12 Lùnastal 2013] A lorg seòladh lìn airson tweet fa leth air a bheil thu a' toirt luaidh, cliog air an stampa uair/ceann-latha no air a' cheangal 'Details' fon tweet anns am biathadh, agus thèid do thoirt chun na làraich-lìn shònraichte airson an tweet sin.

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Dealbh-chluich (teasca)	Eadar camagan thoir sloinneadh an dràmadaiche agus a' bhliadhna anns an deach an teasca a tha thu ag uisneachadh fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Tòisichidh Frank, an t-àrd-ollamh a tha searbh, sgìth de gach uile rud, air teagamh a bhith aige am bu chòir do Rita atharrachadh a thoirt air an dòigh ùir, bheothail a th' aice a bhith ag amharc air litreachas – "I don't know that I want to teach you.What you already have is valuable." (Russell 2000: 71).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an dràmadaiche, agus an sin a' bhliadhna anns an deach an dealbh-chluich fhoillseachadh eadar camagan. Cuir tiotal an dealbh-chluich ann an clò eadailteach agus an sin sgrìobh 'Dealbh-chluich' eadar camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. Mu dheireadh thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	Russell, W. (2000) <i>Educating Rita</i> [Dealbh-chluich]. Lunnainn: Faber and Faber
Dàn ann an cruinneachadh no duanaire leis an aon ùghdar	Is ann mar phàirt de dh'obraichean nas motha; cruinneachaidhean de dhàintean leis an aon ùghdar, no duanairean de dhàintean le diofar ùghdaran a bhios a' mhòrchuid de dhàintean air am foillseachadh. Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach an cruinneachadh fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Anns an dàn <i>Digging</i> , nì Seamus Heaney coimeas eadar a bhith a' sgrìobhadh agus a bhith a' cladhach (Heaney 1966).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean a' bhàird, agus an sin a' bhliadhna anns an deach an cruinneachadh fhoillseachadh eadar camagan. Cuir tiotal an dàn eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Am broinn' agus thoir tiotal a' chruinneachaidh ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Mu dheireadh thoir àireamhan nan duilleagan an dèidh cromag.	Heaney, S. (1966). 'Digging'. Am broinn <i>Death of a Naturalist</i> . Lunnainn: Faber and Faber, 42-43

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Dàn ann an cruinneachadh no duanaire le caochladh ùghdaran	Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair. Thoir bliadhna an leabhair anns a bheil e air a fhoillseachadh agus àireamh na duilleige. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air fiosrachadh eile san teacsa nam biodh tu a' smaointeachadh gum biodh e na chuideachadh (m.e. an rann, an loidhne, a' bhliadhna anns an deach an dàn a sgrìobhadh).	San dàn <i>The Good Morrow</i> , nì John Donne coimeas eadar a bhith ag amas air gaol agus a bhith a' dol bho leanabas gu inbheachd (Donne, 2006: 5). <i>Ann am mòran dhàin fhada, gu sònraichte seana dhàin, tha àireamhan air na rannan is na sreathan. Faodaidh tu iad seo a thoirt a bharrachd air àireamhan nan duilleagan a chuideachadh leis an leughadair na facail a tha thu a' còmhachadh a lorg</i> Mar a their an t-aithrisear san dàn <i>The Testament of Cresseid</i> , "Throwout the glas hir bemis brast sa fair." (Henryson 1981: 67. v. 3, l. 15).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean a' bhàird, agus an sin a' bhliadhna anns an deach an cruinneachadh fhoillseachadh eadar camagan. Cuir tiotal an dàin eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Am broinn' agus thoir tiotal a' chruinneachaidh ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'deas. le' agus thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach-deasachaidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Mu dheireadh thoir àireamhan nan duilleagan an dèidh cromag.	Donne, J. (2006) 'The Good Morrow'. Am broinn <i>Metaphysical Poetry</i> deas. le Burrow, C. Oxford: Penguin, 5-6 Henryson, R. (1981) 'The Testament of Cresseid'. Am broinn <i>The Poems of Robert Henryson</i> . deas. le Fox, D. Oxford: Oxford University Press, 67-81
Am Bioball	Eadar camagan thoir tiotal an leabhair an àite an ùghdair, agus an sin thoir àireamh a' chaibideil. Cuir dà-phuing, agus an sin thoir àireamh an rainn.	Bha Daibhidh na "ghaisgeach treun" (2 Rìgh 10: 3).	Thoir ainm an neach-deasachaidh agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Thoir tiotal a' Bhìobaill ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh agus an sin an deasachadh ma bhios sin iomchaidh. Mu dheireadh thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	Edwards, T. (deas.) (1960) <i>Am Bioball</i> . 7mh deas. Lunnainn: Macmillan

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Bile le Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte	<p>Eadar camagan sgrìobh 'Bile TC' no 'Bile TM' a chomharrachadh bile le Taigh nan Cumanta no Taigh nam Morairean. An sin thoir a' bhliadhna phàrlamaideach eadar camagan le àireimh a' bhile na dèidh – mas e Taigh nan Cumanta a th' ann, bidh àireamh a' bhile eadar camagan ceàrnach, mas e Taigh nam Morairean, cha bhi camagan ann.</p> <p>Bheir thu luaidh goirid an dèidh sin air ainm an taighe, a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh agus àireamh na duilleige an dèidh dà-phuing. Bidh seo air fad eadar camagan.</p> <p>Is e a th' ann am Bile pìos reachdais a tha air a rathad tro Phàrlamaid, is gun inbhe 'lagha' aige fhathast. A chionn 's gun tig mòran atharrachaidh air feadh a' phròiseis, bheirear àireamh ùr air gach uair a thèid e troimhe. Tha e cudromach gun comharraich thu an tionntadh air a bheil thu a' toirt tarraing le bhith a' toirt an fhiosrachaidh gu h-àrd air fad.</p>	Chaidh fhoillseachadh an-diugh an Taigh nan Cumanta (Bile TC (2000-1) [30]) gu bheil e coltach gun tèid a' chis charbaid ath-leasachadh (Taigh nan Cumanta 2001: 56).	Thoir ainm an Taighe mar ùghdar agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. An sin sgrìobh 'Pàrlamaid Bhreatainn Mhòir' le stad-phuing na dhèidh. Thoir tiotal iomlan a' Bhile ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Mu dheireadh, eadar camagan thoir mion-phuingean a' Bhile agus an àireamh ma bhios sin iomchaidh.	Taigh nan Cumanta (2005) Pàrlamaid Bhreatainn Mhòir. <i>Children (leaving care): A Bill to make provision about children and young persons who are being, or have been looked after by a local authority; to replace section 24 of the Children Act 1989; and for connected purposes</i> . Lunnainn: Oifis an Fhoillseachaidh (Bile: Breatann Mòr. Pàrlamaid. Taigh nan Cumanta, 124)
Bile le Pàrlamaid na h-Alba	Mas e Bile le Pàrlamaid na h-Alba a th' ann, dèan air an dòigh cheudna e agus a nì thu airson phàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte, a' cur 'PA' an àite TC no TM.	Bidh iadsan a tha a' coiteachadh airson beathachadh nas fhallaine do chloinn-sgoile na h-Alba air am brosnachadh leis a' chudrom a tha ga chur air dleastanasan ùghdarrasan ionadail a thaobh tràthan-bidhe sgoile a sholar (Bile PA (2005-6) [68]). (Pàrlamaid na h-Alba 2006:42)	Sgrìobh 'Pàrlamaid na h-Alba' agus a' bhliadhna. Thoir tiotal iomlan a' Bhile ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Mu dheireadh, eadar camagan thoir mion-phuingean a' Bhile agus an àireamh ma bhios sin iomchaidh.	Pàrlamaid na h-Alba (2006) <i>Schools (Health Promotion and Nutrition) (Scotland) Bill</i> . Dùn Èideann: Buidheann Chorporra Phàrlamaid na h-Alba (PA Bile 68)

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Aithisg oifigeil Hansard air deasbad sa Phàrlamaid	Eadar camagan sgrìobh 'Deasb. TC' no 'Deasb. TM' agus eadar camagan ùra thoir an Seisean Pàrlamaideach, agus an sin taobh a-muigh de na camagan seo thoir àireamh an tuim, cuir cromag, agus an sin sgrìobh 'col.' airson àireamh a' chuillbh, agus thoir àireamh a' chuillbh. Thoir luaidh eadar camagan san teacs le 'TC' airson Taigh nan Cumanta no 'TM' airson Taigh nam Morairean agus an sin a' bhliadhna agus àireamh na duilleige ma bhios sin iomchaidh.	Bha Patten an sàs sa Phrìomh Mhinistear gu teann (Deasb. TC (2000-1) 203, col. 346) mu thimcheall ainbhfhiaich eadarnàiseanta (TC 2001: 42).	Sgrìobh 'Hansard' agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Thoir tiotal iomlan an deasbaid ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Thoir an Seisean Pàrlamaideach eadar camagan, agus an sin àireamh an tuim, cromag, agus an sin sgrìobh 'col.' agus thoir àireamh a' chuillbh.	Hansard (2001) <i>Deasbad an Taigh nan Cumanta</i> . (2000-1) 203, col. 346
Aithisg le Taigh nan Cumanta/Taigh nam Morairean	Thoir ainm an Taighe mar ùghdar agus an sin a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh eadar camagan. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Bha fianais a thugadh don Chomataidh Thaghte air Saidheans agus Teicneolas (Taigh nam Morairean 2005) a' leigeil fhaicinn nach eil mòran rannsachadh ann a chaidh a sgrùdadh le co-inbhich agus a bheir taic do na tagraidhean (Taigh nam Morairean 2005).	Thoir ainm an Taighe mar ùghdar agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. An sin sgrìobh 'Pàrlamaid Bhreatainn Mhòir' agus thoir ainm na comataidh ma bhios sin iomchaidh le stad-phuing na dhèidh. Thoir tiotal na h-aithisg ann an clò eadailteach agus àireamh na h-aithisg le stad-phuing na dèidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Mu dheireadh, eadar camagan thoir mion-phuingean a' phàipeir, an àireamh, agus an Seisean Pàrlamaideach ma bhios sin iomchaidh.	Taigh nam Morairean (2005) Pàrlamaid Bhreatainn Mhòir Comataidh Thaghte air Saidheans is Teicneolas. <i>Complementary and alternative medicine 6th report of the Select Committee on Science and Technology</i> HL10773. Lunnainn: Oifis an Fhoillseachaidh. (Pàipear TM; 123; Seisean 2004-5)

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Achd Pàrlamaid	Eadar camagan sgrìobh 'Achd Pàrlamaid' agus a' bhliadhna. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Thug an National Health Service and Community Care Act 1990 (Achd Pàrlamaid 1990:42) dleastanas sònraichte do Rùnaire na Slàinte a thaobh seo.	Sgrìobh 'Achd Pàrlamaid' agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Airson Phàrlamaid na Rìoghachd Bhreatainn Mhòir' le stad-phuing na dhèidh. Thoir tiotal iomlan na h-Achd ann an clò eadailteach leis a' bhliadhna agus stad-phuing na dhèidh. Thoir àireamh a' chaibideil. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	Achd Pàrlamaid (1990) Pàrlamaid Bhreatainn Mhòir. <i>National Health Service and Community Care Act 1990</i> . Caibideil 19. Lunnainn: Oifis Foillseachaidh na Ban-rìgh
Achd Pàrlamaid na h-Alba	Eadar camagan na facail 'Achd Pàrlamaid na h-Alba' agus a' bhliadhna. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Mun do rinneadh am Building (Scotland) Act 2003, cha robh cumhachdan sam bith aig ùghdarrasan ionadail na h-eileamaidean seo de thogail a sgrùdadh no a riaghladh (Achd Pàrlamaid na h-Alba 2007).	Sgrìobh 'Pàrlamaid na h-Alba' agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Thoir tiotal iomlan na h-Achd ann an clò eadailteach leis a' bhliadhna agus stad-phuing na dhèidh. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	Pàrlamaid na h-Alba (2007) <i>Crofting Reform etc. Act 2007</i> . Dùn Èideann: Oifis an Fhoillseachaidh
Pàipear Uaine no Geal leis an Riaghaltas	Eadar camagan na facail 'Pàipear Uaine' no 'Pàipear Geal' agus a' bhliadhna. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Fad nam bliadhnachan 1990, bha an riaghaltas a' strì a chur stad air a' mheudachadh gun sgur a bh' ann ann an tinneas cridhe, stròc agus aillse. Chaidh caochladh iomairtean a chruthachadh de leithid <i>Our Healthier Nation: A Contract for Health</i> (Pàipear Uaine 1998).	Sgrìobh 'Pàipear Uaine' no 'Pàipear Geal' agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. An sin sgrìobh 'Breatann Mhòr.' Agus thoir an Roinn den Riaghaltas ma bhios sin bointeach le stad-phuing na dhèidh. Thoir tiotal iomlan a' phàipeir ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Mu dheireadh, eadar camagan thoir àireamh a' phàipeir.	Pàipear Uaine (1998) Breatann Mhòr. Roinn na Slàinte. <i>Our Healthier Nation: A Contract for Health</i> . Lunnainn: Oifis an Fhoillseachaidh (Cm 3854)

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Aithisg oifigeil air deasbad Pàrlamaideach ann an Comataidh Sheasmhach	Eadar camagan sgrìobh na facail 'Comataidh Sheasmhach' agus cuir a' bhliadhna nan dèidh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Thachair an <i>Securities Bill Debate</i> air a bheilear a-mach feadh 2004 is 2005 (Comataidh Sheasmhach 2004)	Sgrìobh 'Comataidh Sheasmhach' agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Thoir tiotal iomlan an deasbaid ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Thoir an Seisean Pàrlamaideach eadar camagan, agus an sin thoir àireamh an tuim, cromag, an sin sgrìobh 'col.' agus thoir àireamh a' chuilbh.	Comataidh Sheasmhach (2004) <i>Securities Bill Debate</i> . (2004-5) 10, col. 71
Pàipear colabhairt ann an imeachdan colabhairt	Eadar camagan thoir ùghdar a' phàipeir air a bheil thu ag iarraidh luaidh a thoirt, agus bliadhna nan imeachdan foillsichte. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Tha an t-eadar-lion a' toirt dùbhlann sònraichte a thaobh seo (Macdonald 1990:42)	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Cuir tiotal a' phàipeir eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Am broinn' agus an sin thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean neach-deasachaidh Imeachdan na colabhairt le 'deas.' nan dèidh eadar camagan. Thoir tiotal imeachdan na colabhairt ann an clò eadailteach le cromag na dhèidh, agus an sin thoir tiotal na colabhairt eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Air a cumail' agus an sin thoir ceann-latha iomlan na colabhairt agus an dèidh sin sgrìobh 'ann an/am' agus thoir an t-àite. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Mu dheireadh cuir cromag agus an sin àireamhan dhuilleagan a' phàipeir air fad.	Macdonald, A. (1990) 'Child development and the internet'. Am broinn Turner, P. (deas.) <i>Proceedings of the Highland Conference on Local Childcare Provision</i> , 'Child development: Preparing for the future'. Air a cumail Màrt 7-9 1990 ann an Colaiste Pheairt. Srughlea: Golden Lion Publishing, 8-20

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Imeachdan colabhairt	<p>Eadar camagan thoir neach-deasachaidh nan imeachdan agus an sin a' bhliadhna a chaidh am foillseachadh.</p> <p>Dèan seo mas ann air imeachdan na colabhairt gu lèir a tha thu a' toirt tarraing, seach pàipear a chaidh a thoirt seachad a' cholabhairt.</p>	Chaidh am feinimean seo a sgrùdadh le mòran aig colabhairt a chaidh a chumail o chionn ghoirid (Tokay (deas.) 2004).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach-deasachaidh, sgrìobh 'deas' eadar camagan agus an sin thoir a' bhliadhna eadar camagan. Cuir tiotal imeachdan na colabhairt ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh, agus an sin tiotal na colabhairt eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Air a cumail' agus an sin thoir ceann-latha na colabhairt agus an dèidh sin sgrìobh 'ann an/am' agus thoir an t-àite anns an deach a' cholabhairt a chumail le stad-phuing na dhèidh. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	Tokay, D. (deas.) (2004) <i>Translation as a metaphor in academic writing</i> . 'Conference on International Writing Centres'. Air a cumail Ògmhios 15-17 2005 ann an Ankara. Istanbul: Sabanci University Press
Obraichean neo-fhoillsichte, a' gabhail a-steach bileagan, tràchdas	<p>Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach a chur a-mach.</p> <p>Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.</p>	Ann an sgrùdadh a rinneadh o chionn ghoirid air na pròiseasan a tha an sàs sa ghnòthach chaidh leigeil ris ann an dòigh reusanta dearbhte gu bheil litearrachd na cùis bhunaiteach ann an gnìomhachd ionnsachaidh sam bith (Murray 2007: 35-36).	<p>Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Thoir an tiotal ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'bileag/tràchas/alt neo-fhoillsichte' ann an camagan ceàrnach mar as iomchaidh an sin cromag agus ainm an neach-dèanaidh (faodaidh seo a bhith na bhuidheann mas e bileag a th' ann, no Oilthigh mas e tràchdas a th' ann).</p> <p>Mas ann ann an cruth eileagtronaigeach a fhuair thu e sgrìobh 'air-loidhne' eadar camagan ceàrnach an dèidh an tiotal. An sin an dèidh ainm an riochdaire sgrìobh 'Ri fhaotainn / Ri faotainn bho' agus thoir an seòladh lìn iomlan a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le > agus an ceann-latha air an deach thu chuige eadar camagan ceàrnach.</p>	<p>Murray, J. (2007) <i>Learning through literacy</i>. [Bileag neo-fhoillsichte], Comhairle Bhaile Inbhir Nis</p> <p>Gifford, A.G. (2008) <i>Humanitarian Directed Violence in Afghanistan: Neutrality and Humanitarian Space</i>. [Tràchas MPhil neo-fhoillsichte] [air-loidhne], Oilthigh Dhùn Èideann. Ri faotainn bho <http://edinburgh.ac.uk/104690> [12 Lùnastal 2010]</p>

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Alt ann an leabhar mòr-eòlais	<p>Am bitheantas bidh leabhraichean mòr-eòlais tomadach a' fastadh diofar ùghdaran airson gach alt a sgrìobhadh</p> <p>Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan dhuilleagan an uilt ann an dèidh dà-phuing.</p>	Thàinig crìonadh luath air tuathanachas bainne am beagan bhliadhnachan deireannach an fhicheadamh linn (Pavliotis 2000: 22).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan agus cuir tiotal an uilt eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Am broinn' agus an sin tiotal an leabhair mhòr-eòlais ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. An sin thoir àireamh an deasachaidh agus an tuim le stad-phuing nan dèidh. Thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear. Mu dheireadh, cuir àireamhan dhuilleagan an uilt ann an dèidh cromag.	Pavliotis, G. (2000) 'Dairy farming'. Am broinn <i>The New Encyclopaedia Britannica</i> . 3mh deas. tom 20. Lunnainn: Woodfords, 20-24
Faclair	Eadar camagan thoir sloinneadh an neach/luchd-deasachaidh no an t-ùghdar corporra agus an sin a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Tha e inntinneach toirt fa-near, air a shon sin, gun e mineachadh eile air 'to dabble' ach "to take part in an activity in a shallow or superficial way" (Oxford Dictionaries 2008: 460).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach/luchd-deasachaidh no an t-ùghdar corporra agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Thoir tiotal an fhaclair ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh agus an sin àireamhan an deasachaidh agus an tuim far am bi sin iomchaidh. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	Downes, J. agus Goodman, E. (deas.) (1998) <i>The Dictionary of Financial Terms</i> . 5mh deas. New York: Barrons Oxford Dictionaries (2008) <i>The Oxford English Dictionary</i> . 2na deas. tom 3. Oxford: Clarendon
Peutant san Rìoghachd Aonaichte	Eadar camagan thoir ainm a' bhunaicheir (dh'fhaodadh seo a bhith na dhuine no na chompanaidh) agus an dèidh sin bliadhna a' pheutant.	Is ann aig toiseach an aona linn fichead a nochd an innleachd ùr-ghnàthach seo an toiseach, nuair a chaidh peutant a shuidheachadh leis a' chompanaidh a chruthaich i (Walk-On Inc. 2000).	Thoir am bunaichear (companaidh no dealbhaiche) le stad-phuing na dhèidh. Thoir a' bhliadhna eadar camagan agus an sin tiotal an fhoillseachaidh ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh, agus an sin thoir comharra an t-sreatha.	Walk-on Inc. (2000) <i>Non-slip stiletto heel</i> . BG 3356754

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Peutant eadarnaiseanta	Eadar camagan thoir ainm a' bhunaicheir (dh'fhaodadh seo a bhith na dhuine no na chompanaidh) agus an dèidh sin bliadhna a' pheutant.	Is ann aig toiseach an aona linn fichead a nochd an innleachd ùr-ghnàthach seo an toiseach, nuair a chaidh peutant a shuidheachadh leis a' chompanaidh a chruthaich i (Borg Warner Inc. 2005).	Mur ann às an Rìoghachd Aonaichte a tha am peutant lean an aon chruth 's a thugadh gu h-àrd, ach comharraich co às a thàinig e an dèidh an tiotal le bhith a' sgrìobhadh 'Peutant Eòrpach' no fiosrachadh eile a rèir mar a bhios freagarrach, agus an sin thoir comharra an t-sreatha.	Borg Warner Inc. (2005) <i>Control devices for clutches and / or gear actuators of an automated gearbox or an automatic transmission</i> . Peutant Eòrpach EP 1519081 –2005-03-30
Bun-tomhas	Eadar camagan thoir 'Stèidheachd Bhun-tomhasan Bhreatainn' mar an t-ùghdar corporra, agus an sin a' bhliadhna. Cuir àireamhan dhuilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Chaidh caochladh fhrèamaichean a chruthachadh feadh nam bliadhnachan seo chaidh, is fiosrachadh mu an timcheall ri fhaotainn ann an ISO 8005, <i>Quality assurance: frameworks for success</i> (Stèidheachd Bhun-tomhasan Bhreatainn 2004).	Sgrìobh 'Stèidheachd Bhun-tomhasan Bhreatainn' mar an t-ùghdar corporra agus an sin thoir a' bhliadhna eadar camagan. Thoir an tiotal ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'BS' agus an sin thoir àireamh iomlan a' bhun-tomhais agus a' bhliadhna. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	Stèidheachd Bhun-tomhasan Bhreatainn (2004) <i>Quality assurance: frameworks for success</i> . BS EN ISO 8005: 2004. Lunnainn: Stèidheachd Bhun-tomhasan Bhreatainn
Pàipear teignigeach	Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra.	Agus an gnìomhachas a' dol an grèim ris an duilgheadas seo chì sinn caochladh phàipearan a' nochdadh a tha ag aithneachadh dà thaobh na ceist. Ann an eisimpleir a fhuaras dheth seo o chionn ghoirid chaidh cunntas a thoirt air na h-argamaidean airson pocaichean adhair a chur a-steach agus na h-argamaidean an aghaidh a' cheart rud (Society of Automotive Engineers 2004).	Thoir ainm an ùghdair no an ùghdair corporra agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Cuir tiotal a' phàipeir eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Àir. a' Phàipeir' agus thoir àireamh iomlan a' phàipeir le stad-phuing na dhèidh. Thoir tiotal na colabhairt, cromag, agus an sin cinn-latha na colabhairt le cromag nan dèidh agus an sin an t-àite anns an deach a cumail le stad-phuing na dhèidh. Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach a chuir a' cholabhairt air dòigh agus an sin a' bhuidheann a rinn i.	Society of Automotive Engineers (2004) 'Airbag benefits, airbag costs'. Àir. a' Phàipeir 2004-01-0840. SAE 2004 World Congress Exhibition, 3 Lùnastal – 3 Samhain 2004, Detroit. Smithson, J. S. Penn. Society of Automotive Engineers

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Clàr cruinn	Thoir ainm an ùghdair chorporra, agus an sin a' bhliadhna anns an deach an clàr cruinn a chur a-mach.	Chaidh clàr cruinn sònraichte feumail a chruthachadh a dhol an grèim ris a' chuspair seo agus chaidh e an grèim cuideachd ri cuspairean teagaisg is ionnsachaidh eile anns a bheil ùidh an-dràsta. (Fòram do dh'Oilthighean ann an Alba 2000)	Thoir ainm an ùghdair chorporra agus an sin a' bhliadhna eadar camagan agus an tiotal ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Sgrìobh 'Clàr Cruinn' eadar camagan ceàrnach, agus an sin thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh, dà-phuing, agus am foillsichear, agus mu dheireadh, thoir an ceann-latha a chuir sibh feum air eadar camagan ceàrnach.	Fòram do dh'Oilthighean an Alba (2000) <i>Teaching and learning</i> . [Clàr Cruinn] Dùn Èideann: Foghlam Àrd-Ìre na h-Alba [3 Dàmhair 2004]
Sgòr ciùil	Eadar camagan thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh	Is ann san obair aige air sgòraichean film as soilleire a chithear am feum a nì Nyman de chontrapuing (Nyman 2003).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair agus an sin a' bhliadhna eadar camagan leis an tiotal iomlan na dèidh ann an clò eadailteach agus an sin stad-phuing. Sgrìobh 'deas. le' no 'rianaichte le' agus thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach-deasachaidh no an rianadair ma bhios sin iomchaidh. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	Nyman, M. (2003). <i>Pieces from The Piano</i> . RA: Music Sales Ltd Keith, F. (2002) <i>Symphony no. 3, A minor, op. 42</i> . deas. le Weir, A. Sruighlea: Clò Oilthigh Shruighlea

6. Tobraichean lèirsinneach

Mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair airson thobraichean lèirsinneach de leithid ìomhaighean, dhealbhan, fhilmichean agus phrògraman telebhisein



Ciamar a bheir mi luaidh agus nòtaichean tobair airson ìomhaighean?

AN AIRE!

Is àbhaist ceist a bhith ann a thaobh còir foillseachaidh nuair a bhios tu ag iarraidh ìomhaigh ath-riochdachadh bhon dàrna cuid tobar clò no bhon eadar-lìon. Am bitheantas, bidh fiosrachadh air an ìomhaigh fhèin no anns an stuth ro-ràdhach ag innse dhuit am faod thu ìomhaighean ath-riochdachadh agus a' toirt stiùireadh dhuit a thaobh mar a bheir thu an t-aithneachadh iomchaidh don neach a chruthaich an ìomhaigh. Iomadh uair bidh e ceart gu leòr ìomhaigh ath-riochdachadh dha cur gu feum ann an aisteachan colaiste no oilthigh nach tèid fhoillseachadh gu foirmeil. Lean an stiùireadh a bhios air a thoirt san tobar agad. Ma bhios teagamh sam bith agad, faighnich den oid-ionnsaich air a' mhodal agad.



Tha trì ceumannan ann ann a bhith a' toirt luaidh agus nòta thobair airson ìomhaighean

1. Nuair a bheir thu luaidh air ìomhaigh feumaidh tu a Comharrachadh, a h-Ainmeachadh, Luaidh a thoirt air an tobar, agus a Mìneachadh:
 - **Comharrachadh** – Comharraich i mar ìomhaigh.
 - **Ainmeachadh** – Thoir tiotal don ìomhaigh.
 - **Luaidh a thoirt air an tobar** – Thoir luaidh san teacsa an dèidh an tiotail a bheir fios don leughadair càit an d'fhuair thu an ìomhaigh (ùghdar no ùghdar corporra agus bliadhna an tobair eadar camagan agus àireamh na duilleige mas ann à tobar clò a tha an ìomhaigh).
 - **Mìneachadh** – San sgrìobhadh agad fhèin, mìnich cò an neach-ealain/cruthaichear na h-ìomhaigh, oir chan eil an luaidh san teacsa ach ag innse do leughadairean an tobair anns an d'fhuair thu an ìomhaigh agus dh'fhaodadh sin a bhith air a sgrìobhadh le cuideigin eile.
2. **Tha e soirbh nòta thobair a thoirt airson ìomhaigh.** Thoir nòta mu thobar na h-ìomhaigh air an aon dòigh 's a dhèanadh tu le tobar sam bith den t-seòrsa sin. Mar eisimpleir, mas ann an an leabhar no air làraich-lìn a fhuair thu ìomhaigh cuir an leabhar no an làrach-lìn san liosta thobraichean agad mar a dhèanadh tu le leabhar no làrach-lìn sam bith eile.
3. Mu dheireadh, cuir **Liosta Ìomhaighean** sa chlàr-innse agad a dh'innseas tiotal nan ìomhaighean agad don leughadair agus cò an duilleag san obair agad air a bheil iad ri am faicinn.

Eisimpleirean: Ìomhaigh à tobar clò

Luaidh

Tha Caisteal Maol, a tha ri fhaicinn ann an ìomhaigh i gu h-iseal, aig cridhe fionnsgeul chlann MhicFhionghain. A rèir an fhionnsgeòil bhiodh 4mh ceann-feadhna chlann MhicFhionghain, còmhla ri a bhean a bha na ban-phrionnsa à Nirribhidh, a' cur càin air long sam bith a rachadh eadar an t-Eilean Sgitheanach is tìr-mòr. Cha deach an sgeul seo a dhearbhadh ach tha sanas làidir ann dàimh a bhith aig a' chaisteal ri Nirribhidh anns na h-ainmean eile a th' air, Caol Acain agus Dùn Acain, a tha freumhaichte an ainm Rìgh Haakon IV an Nirribhidh.



Ìomhaigh i. Caisteal Maol (Anderson 2005: 24).

Tha ealain shràid ann am Baltimore, gu sònraichte *Tree of Life* (1986) le Marshall Hadley a chithear ann an ìomhaigh iii, a' toirt sanas air àrd-amas a' bhaile a bhith na choimhearsnachd cho-cheangailte, fhèin-eisimeileach.



Figure iii: *Tree of Life* (Pargetter 2006: 22)

Liosta thobraichean

Anderson, A. (2005) *Castles of Scotland*.
Learaig: Viking Press

Pargetter, D. (2006) *Street Art*. Baltimore:
Free Press

Ged as e bliadhna foillseachaidh tobar ìomhaigh sam bith a bheir an nòta thobair agus an luaidh agad daonnan, thoir an aire gum bu chòir a' bhliadhna anns an do chruthaich an ìomhaigh no am pìos ealain an toiseach a thoirt còmhla ri tiotal obair ealain anns an sgrìobhadh agad, mar a nithear anns na h-eisimpleirean gu h-àrd

Eisimpleir: Ìomhaigh à tobar air loidhne

Tha feum aig a h-uile h-oileanach air sgilean sgrìobhaidh làidir, mar a sheallas an diagram a chruthaich le Martha Simmons an ìomhaigh ii:



Figure ii. Writing skills diagram (Writing Centre 2006).

Tha ìomhaigh Simmons a' sealltainn carson a dh'fheumas oileanaich oibreachadh air na sgilean conaltraidh sgrìobhte aca a chur am feabhas. Tha an ìomhaigh a' cur sìos seachd reusanan brìghmhor a tha sgrìobhadh acadaimigeach cudromach, agus a' moladh dhòighean air am faodadh oileanaich dol an sàs ann a bhith a' togail sgilean sgrìobhaidh nas fheàrr iad fhèin.

Liosta thobraichean

Writing Centre (2006) *Writing Skills*
[air loidhne]. Ri fhaotainn bho <www.writingcentre.org/skills> [4 Dùbhlachd 2009]

Eisimpleir: Liosta ìomhaighean

Liosta ìomhaighean

Ìomhaigh i. Caisteal Maol	2
Ìomhaigh ii. Diagram sgilean sgrìobhaidh	6
Ìomhaigh iii <i>Tree of Life</i>	10

Mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair airson thobraichean lèirsinneach eile

Cuimhnich le tobraichean lèirsinneach faodaidh gum feum an leughadair agad fios a bhith aige/aice air an t-seòrsa stutha a th'ann, mar sin comharraich an e dealbh peant, dealbh camara, ìomhaigh shnaighte, dealbh tarraing, searbhag-dhealbhadh, gràbhal-cloiche, gearradh laidhno, crèadhadaireachd, gearradh fiodha, gloine no eile a tha san tobar.

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Obair ealain, dealbh camara, dealbh-soillseachaidh no gnothach ann an taisbeanadh no ionad foillseachaidh ann an taisbeanadh	Eadar camagan thoir sloinneadh a' chruthaicheir no an neach-ealain agus an sin bliadhna an taisbeanaidh.	<p>An spreigeadh a ghabhas Allen bho nàdar, tha e ri fhaicinn sa chrèadhadaireachd thràthail aice de leithid <i>Apples and Pears</i> (Allen 2000).</p> <p>Tha cha mhòr 50% de dh'ùghdarrasan ionadail an Albainn agus dàimhean dìongmhailte air an stèidheachadh aca airson sheirbheisean pàirtichte (Anton 2007).</p>	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach-ealain no cruthaichear na h-obrach ealain no a' bhuill-thaisbeantais, agus an sin bliadhna an taisbeanaidh eadar camagan. Cuir an tiotal ann an clò eadailteach agus an sin thoir an seòrsa ealain no buill-thaisbeantais eadar camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. An sin thoir ainm an taisbeanaidh no an tachartais eadar cromagan turrach singilte le stad-phuing na dhèidh. Cuir an t-àite anns an deach an taisbeanadh a chumail, dà-phuing, agus an sin ainm na h-ealain-lainne, an taigh-thasgaidh no na stèidheachd a chuir air an taisbeanadh. Mu dheireadh cuir cinn-latha an taisbeanaidh ann an dèidh cromag.	<p>Allen, P. (2000) <i>Apples and Pears</i> [crèadhadaireachd]. Taisbeanadh 'Nature'. Dùn Èideann: Scottish Gallery of Modern Art, 02 Gearran-16 Giblean 2000</p> <p>Anton, H. (2007) <i>The Public Sector Framework</i> [Leabhran]. Colabhairt 'Learning in Local Government'. Glaschu: Oilthigh Ghlaschu, 12-13 Lùnastal 2007</p> <p>Centre for Academic Writing (2003) <i>The Harvard Referencing System</i> [Taisbeanadh phostairean agus làrach-lìn air a tilgeil]. Colabhairt 'Learning and Teaching Environments'. Lunnainn: Olympia, 12 Faoilleach 2003</p>

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Iomhaigh no pìos ealain ann an catalog taisbeanaidh	Eadar camagan thoir sloinneadh an neach-ealain a chruthaich an iomhaigh no am pìos ealain agus an sin bliadhna an taisbeanaidh. Cuir àireamhan nan duilleagan ann an dèidh dà-phuing ma bhios feum orra. San sgrìobhadh agad, bu chòir a' bhliadhna anns an do chruthaich eadh an iomhaigh no am pìos ealain an toiseach a thoirt còmhla ri tiotal na h-obrach ealain.	Tha am meas a tha aig Barney air uirsgeulan Ceilteach ri fhaicinn an dàrna pàirt na <i>Cremaster Cycle</i> aige (1999) gu sònraichte san fheum a nì e de shamhla an reithe (Barney 2002: 32)	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach-ealain agus bliadhna an taisbeanaidh eadar camagan, agus an sin tiotal an taisbeanaidh ann an clò eadailteach. Sgrìobh 'catalog taisbeanaidh' eadar camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. Thoir an t-àite anns an deach an taisbeanadh a chumail, dà-phuing, agus an sin an ealain-lann no an stèidheachd a chuir air an taisbeanadh.	Barney, M. (2002) <i>The Cremaster Cycle</i> [Catalog taisbeanaidh] New York: Museum of Modern Art.
DVD, bhideo, no film	Eadar camagan thoir sloinneadh an stiùiriche no an riochdaire mar an t-ùghdar agus a' bhliadhna a chaidh a chur a-mach.	Tha an t-ath-chòireachadh a rinneadh o chionn ghoirid air <i>The Merchant of Venice</i> na eadar-mhìneachadh radaigeach (Radford 2004). Tha innleachd an aithriseir neo-earbsaich air a cur còmhla ri loidhne-tìm a thèid an comhair a cùil le buaidh anabarrach làidir san fhilm <i>Memento</i> (Nolan 2000)	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an stiùiriche, a' bhliadhna a chaidh a chur a-mach eadar camagan, agus an sin tiotal an DVD no an fhilm ann an clò eadailteach. Thoir an cruth eadar camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. An sin thoir an t-àite anns an deach a chur a mach le dà-phuing na dhèidh (ma bhios mòran àiteachan ann dìreach thoir a' chiad fhear) agus an sin a' chompanaidh riochdachaidh.	Radford, F. (2004) <i>William Shakespeare's The Merchant of Venice</i> [DVD]. RA: Shylock Trading Nolan, C. (2000) <i>Memento</i> [DVD]. Na Stàitean Aonaichte: Newmarket Films
DVD, bhideo no film a fhuaras ann an cruth eileagtronaigeach	Eadar camagan thoir sloinneadh an stiùiriche no an riochdaire mar an t-ùghdar, agus an sin a' bhliadhna anns an deach a chur a-mach.	Tha damhsa na dhòigh-shlànachaidh èifeachdach (Newton 2006).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an stiùiriche no an riochdaire agus an sin a' bhliadhna a chaidh a chur a-mach eadar camagan. Thoir tiotal an DVD no a' bhideo ann an clò eadailteach agus an sin sgrìobh 'DVD air loidhne' no 'bhideo air loidhne' eadar camagan ceàrnach le stad-phuing na dhèidh. An sin sgrìobh 'Ri fhaotainn bho' agus thoir an seòladh lin iomlan a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le > agus an sin thoir an ceann-latha a chaidh thu chuige eadar camagan ceàrnach.	Newton, H. (2006) <i>Dance Extravaganzas</i> [DVD air loidhne]. Ri fhaotainn bho < http://movement_dance.international.imaginary.com > [23 Iuchar 2006]

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Prògram telebhisein no clàradh on telebhisean	Eadar camagan thoir ainm na companaidh riochdachaidh telebhisein mar ùghdar corporra agus a' bhliadhna anns an deach a chraoladh.	Feumaidh tuathanaich iol-ghnèitheachadh a chum 's gun cùm iad a' dol (ITV 2005).	Thoir an t-ùghdar corporra agus a' bhliadhna eadar camagan agus an sin tiotal a' phrògram ann an clò eadailteach. An sin thoir ceann-latha agus uair phongail a' chraolaidh eadar camagan ceàrnach.	ITV (2005) <i>Pedigree Cattle</i> [27 Màrt 2005: 20:00]
Dealbh-chluich no opara (air a cur air)	Eadar camagan thoir sloinneadh stiùiriche na deilbh-chluich no na h-opara leis a' bhliadhna anns an deach a cur air na dhèidh	A' chiad uair a thàinig na sibhrichean air an àrd-ùrlar san dàrna earrainn, bha an soillseachadh air an àrd-ùrlar a' tarraing aire duine cho mòr 's gun deach a' bhuidh dhràmach a chall cha mhòr gu tur (Love, 1999).	Thoir ainm an stiùiriche le 'st.' na dhèidh eadar camagan agus an sin a' bhliadhna anns an deach an obair a chur air. Cuir tiotal na deilbh-chluich no na h-opara ann an clò eadailteach agus an sin sgrìobh 'le' agus ainm an dràmadaiche/ùghdair na dhèidh. Mu dheireadh cuir an t-àite anns an deach an obair a chur air agus an latha a chunnaic thu i eadar camagan ceàrnach.	Love, R. (st.) (1999) <i>Calypso</i> le Finegan, R. [Citizens' Theatre, Glaschu. 2 Lùnastal 1999] Nunn, T. (st.) (1986) <i>As You Like It</i> le Shakespeare, W. [an Taigh-cluich Nàiseanta, 20 Ògmhios 1986]
Map	Eadar camagan thoir sloinneadh a' chartagrafaiche, an trusaiche, an neach-deasachaidh, an ath-tharraingeadair, no a' ghràbhalaiche agus an sin a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh.	Chaidh mòran mhapaichean rothaireachd a chur a-mach a bhrosnachadh dhaoine a bhith a' dèanamh feum de na slighean an Ear-Thuath na h-Alba. Tha fear sònraichte math a' leigeil fhaicinn shlighean rothaireachd Mhoireibh (Wilson 2005).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean a' chartagrafaiche, an trusaiche, an neach-deasachaidh, an ath-tharraingeadair, no a' ghràbhalaiche agus an sin a' bhliadhna eadar camagan agus an tiotal na dèidh ann an clò eadailteach agus an sin stad-phuing. Thoir sgèile a' mhapa (far am bi sin ri faotainn) agus an sin stad-phuing. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.	Wilson, J. (2005) <i>Moray Cycle Paths</i> . 1:40000. Eilginn: Mearns Guides

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Map Suirbhidh Òrdanais	Eadar camagan thoir 'Suirbhidh Òrdanais' mar ùghdar agus an dèidh sin a' bhliadhna anns an deach fhoillseachadh	Tha àireamh shlighean coiseachd timcheall cheàrn Loch Laomainn a leigeas leis a' mhòr-shluagh dol a-steach do na coilltean giuthais (Suirbhidh Òrdanais 2007)	Sgrìobh 'Suirbhidh Òrdanais' agus an sin a' bhliadhna eadar camagan leis an tiotal na dèidh ann an clò eadailteach agus stad-phuing. Thoir àireamh a' mhapa agus an sin stad-phuing. Thoir sgèile a' mhapa agus cromag, agus an sin an sreath.	Suirbhidh Òrdanais (2007) <i>Loch Lomond and Inverary</i> . Mapa 56. 1:500000, Landranger Map Active Series

Tobraichean lèirsinneach neo-àbhaisteach

Bidh agad ri do thoinisg fhèin a chur gu feum is thu a' toirt nòtaichean tobair air tobraichean lèirsinneach neo-àbhaisteach nach eil san liosta gu h-àrd. Cùm nad chuimhne na **riaghailtean bunaiteach** a thugadh an ro-ràdh an leabhair-iùil seo (a bhith pongail is dìongmhalta agus a bhith a' cumail ris an aon dòigh). Bi cinnteach gun innis thu an seòrsa stutha a th' ann eadar camagan ceàrnach, agus ma bhios e iomchaidh, an t-àite is a' bhliadhna a chaidh fhoillseachadh no a thaisbeanadh agus am foillsichear. Cùm gu leanailteach ris an aon dòigh feadh a' phàipeir agad air fad.

Saunders, O. F. (1990) *Pop art and society's discontents* [iomhaigh shnaighte ann an eidheannach] taisbeanadh 'Winter Art'. Lunnainn: Somerset House, 12-15 Dùbhlachd 2010



7. Dàta àireamhach

Mar a bheir thu luaidh is nòtaichean tobair airson dàta àireamhach a' gabhail a-steach chairtean is chlàran

Tha dà dhòigh air am b' urrainn dhuit dàta àireamhach a chur gu feum san obair agad; le bhith a' toirt an dàta mar phàirt den teacsa, no le bhith ga thoirt ann an cruth lèirsinneach, de leithid graf no clàr.

Feum a dhèanamh de dhàta mar phàirt den teacsa agad

Luaidh

Gach uair a ghabhas tu coingheall de cheann-latha, staitistig no dàta àireamhach eile bho thobar, thoir luaidh san teacsa air an aon dòigh 's a dhèanadh tu nam biodh tu a' dèanamh feum de dh'fhacail no beachd-smuaintean à tobar sam bith.

Eisimpleir

Thàinig meudachadh mòr air àireimh nan grèimeannan cridhe feadh nam bliadhnan seo chaidh agus bha meudachadh de 10% ann o 1992 (Roinn na Slàinte 2005: 65).

Liosta thobraichean

Thoir nòta mu thobar dàta àireamhach air an aon dòigh 's a dhèanadh tu le tobraichean teacsa. Mar sin mas ann ann an leabhar a gheibh thu an dàta cuir an leabhar san liosta thobraichean agad air an dòigh as àbhaist; mas ann air làraich-lìn a gheibh thu an dàta thoir nòta thobair airson na làraich-lìn.

Eisimpleir


Roinn na Slàinte (2005) *Data on Cardiovascular Diseases in the UK*, Lunnainn: Roinn na Slàinte

Dàta a thaisbeanadh gu lèirsinneach

Luaidh

Ma chuireas tu dàta àireamhach sìos ann an cruth lèirsinneach, comharraich e mar **ìomhaigh** no **clàr** agus cuir liosta ìomhaighean no clàran anns a' chlàr-innse agad. Thoir tiotal air an ìomhaigh agus thoir luaidh oirre san teacsa leis an ùghdar no an t-ùghdar corporra agus bliadhna an tobair eadar camagan. Mas ann à tobar le duilleagan a tha an ìomhaigh feumaidh tu àireamh na duilleige a thoirt nuair a bheir thu luaidh oirre san teacsa.

Tro bhith a' cumail lorg air a' ghnothach, chunnacas gu robh meas air na stuthan am measg mòran, mar a leigear ris leis an dàta ann an ìomhaigh iv:



Ìomhaigh iv. Dàta air an fheum a rinneadh de làraich-lìn WAC (WAC 2006: 28).

Nòta thobair

Thoir nòta mu thobraichean dàta àireamhach air an aon dòigh 's a nì thu le tobraichean teacsa. Mar sin ma gheibh thu an dàta ann an leabhar cuir an leabhar san liosta thobraichean agad mar as àbhaist; mas ann air làraich-lìn a gheibh thu an dàta thoir nòta thobair airson na làraich-lìn.

Dàta à leabhar

WAC (2006) *Impact assessment of WAC website*. Lunnainn: Green Press Ltd.

Dàta o làraich-lìn

WAC (2006) *Impact assessment of WAC website* [air loidhne]. Ri fhaotainn bho <<http://www.wac.co.uk/impact/html>> [16 Dùb 2009]

8. Tobraichean claisneach

Mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair airson thobraichean claisneach de leithid chraolaidhean lìn, phrògraman rèidio agus agallamhan

Dèan an aon rud 's a nì thu nuair a bheir thu luaidh air tobraichean teasca clò le bhith a' toirt an ùghdair no an ùghdair corporra agus na bliadhna. Le tobraichean claisneach faodaidh gum feum an leughadair agad fhios a bhith aige/aice air a' chruth, mar sin, far an urrainn dhuit, comharraich an e clàr cruinn, DVD, bhideo VHS, film 35mm, cèiseag chlaisneach no eile a tha san tobar.

Ciamar a bheir mi luaidh air òraidean?

Anns an sgrìobhadh agad fhèin, comharraich gu bheil thu a' toirt iomradh air òraid. Thoir luaidh san teasca mar as àbhaist a bheir sloinneadh an òraidiche mar ùghdar agus a' bhliadhna anns an deach an òraid a thoirt seachad eadar camagan.

Anns an liosta thobraichean agad, thoir ainm an òraidiche agus bliadhna na h-òraid. Thoir tiotal air an òraid (cruthaich am fear agad fhèin le bhith ag uisneachadh ainm a' chuspair a chaidh a làimhseachadh), agus an sin sgrìobh 'òraid a thugadh seachad airson' agus ainm a' mhodail na dhèidh, cho math ri ceann-latha na h-òraid agus an t-àite anns an deach a toirt seachad.

Luaidh

A rèir òraid a thugadh seachad mar phàirt den mhodal innleadaireachd mheacanaigeach 163ENG, thàinig atharrachadh bunaiteach air innleadaireachd o 1945 (McMaster 2006).

AN AIRE!

Cha bhithear ga mheas na dheagh chleachdainn luaidh a thoirt air òraid a fhrithheil thu. Is e a' chomhairle san fharsaingeachd gun seo a dhèanamh, agus chan eil an t-iùl san earrainn seo ach a' toirt stiùireadh air an dòigh a nithear e, is chan ann a' moladh gun dèan thu e. Ma tha thu ag iarraidh luaidh a thoirt air òraid, iarr comhairle an toiseach on oide-ionnsaich air a' mhodal agad.

Nòta thobair

McMaster, R. (2006) *Engineering since 1945*. Òraid a thugadh seachad airson a' mhodail Innleadaireachd Mheacanaigeach 163ENG air 3 Cèitean 2006 an Colaisde a' Chaisteil UHI.



Mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair airson thobraichean claisneach eile

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Craoladh rèidio	Eadar camagan thoir a' chompanaidh riochdachaidh mar ùghdar corporra agus bliadhna a' chraolaidh.	Thàinig atharrachadh air saoghal poilittigs on a chaidh na Làboraich Ùra a thaghadh (Radio 4 2005).	Thoir an t-ùghdar corporra agus a' bhliadhna eadar camagan. Thoir an tiotal ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Mu dheireadh, thoir an ceann-latha air an deach a chraoladh, dà-phuing, agus an sin an uair a chaidh a chraoladh. Ma dh'èistean tu ri craoladh rèidio air loidhne le bhith ag uisneachadh goireas 'èisteachd a-rithist' no le bhith ga luchdachadh a-nuas mar chraoladh lìn, thoir nòta thobair airson a' chraolaidh air an dòigh as àbhaist ach an sin cuir an seòladh lìn a chum 's gun tèid aig an leughadair agad air an tobar seo a lorg air loidhne, agus an sin an ceann-latha air an deach sibh chun a' ghoireis.	Radio 4 (2005) <i>The big debate</i> . 3 Giblean 2005: 20:00 Radio 4 (2005) <i>The big debate</i> . 3 Giblean 2005: 20:00. Ri fhaotainn bho < www.bbc.co.uk/radio4/20575.htm > [18 Ògmhios 2010]
Craoladh lìn Lean seo airson chraolaidhean lìn a chaidh a sgaoileadh air an eadar-lìon a-mhàin. Ma dh'èistean tu ri craoladh rèidio air loidhne le bhith ag uisneachadh goireas 'èisteachd a-rithist' no le bhith ga luchdachadh a-nuas mar chraoladh lìn, thoir nòta thobair air a shon mar chraoladh rèidio a' leantainn an stiùiridh gu h-àrd	Eadar camagan thoir an t-ùghdar no a' chompanaidh riochdachaidh mar ùghdar corporra agus a' bhliadhna anns an deach a sgaoileadh.	Is ann air an eadar-lìon a chaidh an teirm 'gross-out comedy' a thùradh airson an tòrr fhilmichean a bh' ann o chionn ghoirid anns an robh cluicheadairean fireann gealltanach ùra a' gabhail nam prìomh phàirtean. (Aukerman 2011).	Thoir an t-ùghdar no a' chompanaidh riochdachaidh mar ùghdar corporra agus an sin a' bhliadhna anns an deach a sgaoileadh eadar camagan. Thoir tiotal a' chraolaidh lìn ann an clò eadailteach agus an sin sgrìobh 'craoladh lìn' eadar camagan ceàrnach. Thoir àireamh an eadar-sgeòil agus an tiotal na dèidh eadar cromagan turrach singilte ma bhios sin iomchaidh. Thoir an seòladh lìn iomlan a' tòiseachadh le < agus a' crìochnachadh le > agus an sin an ceann-latha air an deach thu chuige eadar camagan ceàrnach.	Aukerman, S. (2011) <i>Comedy Bang Bang</i> [craoladh lìn]. Eadar-sgeul 18 'Comedy is Honey'. Ri fhaotainn bho < http://www.earwolf.com/show/comedy-bang-bang-podcast/ > [23 Ògmhios 2011]

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Clàr cruinn no clàradh fuaim	Eadar camagan thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach-ciùil no an labhraiche agus an sin a' bhliadhna.	Tha clàradh a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid a' toirt fianais air a' chaochladh conaltraidh a th' ann am measg crodh (Strange 2005).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach-ciùil no an labhraiche agus an sin a' bhliadhna eadar camagan leis an tiotal na dèidh ann an clò eadailteach agus stad-phuing. Sgrìobh an seòrsa stutha eadar camagan ceàrnach agus an sin an t-àite anns an deach fhoillseachadh, dà-phuing, agus am foillsichear.	Strange, L. (2005) <i>Understanding Friesian cows</i> [CD]. Lunnainn: Jones
Agallamh a chùm thu fhèin	San sgrìobhadh agad fhèin, comharraich gu bheil thu a' toirt luaidh air agallamh aghaidh ri aghaidh a chùm thu no còmhradh le bhith a' toirt ainm iomlan an duine ris an do chùm thu agallamh. Nuair a bheir thu luaidh air san teacsa thoir sloinneadh an duine ris an do chumadh an t-agallamh agus a' bhliadhna eadar camagan. Ma dh'fheumas an obair agad a bhith gun ainm faodaidh tu 'an t-ùghdar' a thoirt ort fhèin. Cuimhnich gum feum thu cromagan turrach a chleachdadh a chomharrachadh nan dearbh fhacail a chaidh a labhairt leis an duine ris an do chùm thu agallamh. Ma bheir thu atharrachadh crutha air na facail cha ruig thu leas cromagan turrach a chur, ach feumaidh tu luaidh a thoirt san teacsa.	Ann an agallamh pearsanta a chaidh a chumail le Sarah Murphy, thuirt Angus Rae, Manaidsear Thaigh na Locha, gun do chuir co-dhùnadh na comataidh "uabhas agus ioghnadh" air (Rae 2006). Ann an agallamh pearsanta a chaidh a chumail leis an ùghdar, thuirt Angus Rae, Manaidsear Thaigh na Locha nach robh e toilichte le co-dhùnadh na comataidh ris nach robh fiughair (Rae 2006).	Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an duine ris an do chùm thu agallamh agus an sin a' bhliadhna eadar camagan. Thoir tiotal an agallaimh no a' chòmhradh ann an clò eadailteach (faodaidh gum bi agad ri fear a dhèanamh suas). Sgrìobh an dàrna cuid 'agallamh le' agus ainm an duine a chùm an t-agallamh no 'agallamh leis an ùghdar' eadar camagan ceàrnach ma dh'fheumas am pàipear agad a bhith gun ainm. Mu dheireadh thoir an t-àite anns an do chumadh an t-agallamh, cuir cromag agus an sin thoir gu pongail an ceann-latha air an do thachair an t-agallamh no an còmhradh.	Rae, A. (2006) <i>Manaidsear Thaigh na Locha</i> [agallamh le S. Murphy] An Gearastan, 6 Ògmhios 2006

Seòrsa tobair	Mar a bheir thu luaidh air	Eisimpleir	Mar a bheir thu nòta thobair	Eisimpleir
Agallamh ann an leabhar no cruinneachadh deasaichte	San sgrìobhadh agad fhèin, comharraich gu bheil thu a' toirt luaidh air agallamh a chùm cuideigin eile, agus thoir ainm iomlan an duine ris an deach an t-agallamh a chumail a chum 's gum bi e soilleir co leis na facail air a bheil thu a' toirt luaidh. Nuair a bheir thu luaidh air san teacsa thoir sloinneadh an duine ris an do chumadh an t-agallamh agus a' bhliadhna eadar camagan.	Ann an agallamh a chaidh a chumail le Andrew Scott, bhruidhinn David Miles air a' bhuaidh a bh' aig Ceòl an Tìr Ghuirm à Ameireaga air ceòl-dùthchais na h-Alba sna bliadhnachan 1950 is '60. (Miles 2006).	Thoir ainm an duine ris an do chùm thu agallamh agus an sin bliadhna an agallaimh eadar camagan. Thoir tìotal an agallaimh eadar cromagan turrach singilte (faodaidh gum bi agad ri tìotal iomchaidh a dhèanamh suas), agus an sin sgrìobh 'agallamh le' agus ainm an duine a chùm an t-agallamh eadar camagan ceàrnach. An sin sgrìobh 'Am broinn' agus thoir nòta thobair iomlan air an dòigh as àbhaist airson an tobair seo anns a bheil an t-agallamh air a fhoillseachadh.	Miles, D. (2006) <i>Transatlantic politics and music'</i> [agallamh le Scott, A.]. Am broinn McKay, R. (2006) <i>Music and politics: Interviews with local people</i> . Lunnainn: Politics Press



9. Tobraichean dàrnach

Mar a bheir thu luaidh agus nòtaichean tobair airson thobraichean a gheibh thu air an còmhachadh ann an tobraichean eile

Sa cho-theacsa seo, is e a th' ann an tobar dàrnach fear a gheibh thu air a luaidh ann an tobar eile. Mar eisimpleir, ùghdar a' toirt luaidh air facail no beachd-smuaintean ùghdar eile.

Faodar amharc air tobraichean dàrnach mar thobraichean 'ath-ghnàthach'. Ma bhios tu a' leughadh tobar anns a bheil tobar eile air a luaidh, feuch an toiseach an lorg thu am bun-thobar. Thoir sùil ann an nòtaichean-coise, liosta leabhraichean, no liosta thobraichean an tobair feuch am faigh thu fios mun bhun-thobar. Mura tèid agad air am bun-thobar a lorg an leabharlann na colaiste agad, thoir sùil an catalog an leabharlann, agus bruidhinn ri luchd-obrach an leabharlann feuch an gabh coingheall faotainn de leth-bhrec a leabharlann eile.

Roghainn 1: Ma thèid agad air am bun-thobar a lorg, leugh e agus thoir luaidh no nòta thobair airson a' bhun-thobair air an dòigh as àbhaist.

Luaidh

Tha imcheist mu atharrachadh sa ghnàth-shìde a' toirt "buaidh a chum maith" air poilitigs eadarnàiseanta (Patel 2004: 88).

AN AIRE!

Na bi an eisimeil tobar dàrnach ma tha atharrach air oir faodaidh e toirt air daoine smaointeachadh nach eil na sgilean rannsachaidh agad a lorg a' bhun-thobair. Faodaidh e bhith gun deach an tobar anns a bheil ùidh agad a mhì-chòmhachadh no a mhì-thuigsinn leis an sgrìobhaiche a tha thu a' leughadh, mar sin bu chòir dhuit am bun-thobair a leughadh a chum 's nach aithris thu mearachdan sam bith.

Nòta thobair

Patel, P. (2004) *Climate Change and Political Ideologies*. Glasgow: Scholar Press

Roghainn 2: Mura tèid agad air am bun-thobar a lorg, thoir luaidh air mar thobar dàrnach.

Airson luaidh, thoir na leanas eadar camagan:

- Sloinneadh ùghdar na bun-obrach (nach do leugh thu)
- Bliadhna anns an do chruthaich an tobar (nach do leugh thu)
- Sgrìobh 'air a luaidh am broinn' agus thoir sloinneadh ùghdar an tobair dhàrnaich agus a' bhliadhna.
- Cuir dà-phuing, agus an sin thoir àireamh duilleige an tobair dhàrnaich a chuideachadh le leughadairean an earrainn a lorg

San liosta thobraichean agad thoir fiosrachadh foillseachaidh iomlan a' bhun-thobair air an dòigh as àbhaist le stad-phuing aig an deireadh. An sin sgrìobh "Air a luaidh am broinn" agus thoir fiosrachadh foillseachaidh iomlan an tobair a leugh thu. Mu dheireadh, cuir dà-phuing agus an sin àireamh duilleige an tobair a leugh thu.

Luaidh

Tha imcheist mu atharrachadh sa ghnàth-shìde a' toirt "buaidh a chum maith" air poilitigs eadarnàiseanta (Patel 2004 air a luaidh am broinn Brown 2005: 6).

Nòta thobair

Patel, P. (2004) *Climate Change and Political Ideologies*. Glaschu: Scholar Press. Air a luaidh am broinn Brown, D. (2005) *The Great Climate Change Debate*. Lunnainn: Historic Press: 6

**Tionntaidh gu earrannan 10-11 airson:
Cheistean bitheanta agus stuthan eile a leughas tu**

10. Ceistean bitheanta

Dè a nì mi mura tèid agam air a' bhliadhna a lorg air làraich-lìn?

A chum 's gum bi thu pongail, mura tèid agad air a' bhliadhna a lorg is e as fheàrr 'g.ch.' a sgrìobhadh airson 'gun cheann-latha'.

Tha na h-ìrean a choisneas oileanaich a' sìor fhàs nas àirde (Fòram Nàiseanta nan Oileanach g.ch.).

Ciamar a bheir mi luaidh air ainm ùghdair?

Tha dà roghainn agad, agus bu chòir dhuit caochladh a thoirt air an dòigh a nì thu e air feadh a' phàipeir acadaimigich agad.

Roghainn 1: Ma dh'ainmicheas tu an t-ùghdar san sgrìobhadh agad fhèin dìreach thoir a' bhliadhna (agus àireamh na duilleige ma chòmhdaicheas tu no ma bheir thu atharrachadh crutha no geàrr-chunntas air fiosrachadh sònraichte) nuair a bheir thu luaidh air am broinn an teacsa.

Tha MacDhòmhnaill (2007: 66) a' cumail a-mach gun e Inbhir Nis, o chionn beagan bhliadhnachan a-nis, am baile as luaithe air a bheil fàs a' tighinn ann am Breatainn.

Roghainn 2: Mur ainmich thu an t-ùghdar san sgrìobhadh agad thoir sloinneadh an ùghdair agus a' bhliadhna (agus àireamh na duilleige ma chòmhdaicheas tu no ma bheir thu atharrachadh crutha no geàrr-chunntas air fiosrachadh sònraichte) nuair a bheir thu luaidh air am broinn an teacsa.

Tha tonnagan èifeachdach mar dhòigh air tinneasan a lorg (Qureshi 2006: 95).

Càite san teacsa am bu chòir dhomh luaidh a chur?

Faodaidh tu luaidh a chur an dàrna cuid faisg air toiseach nan ciallraidhean agad, no faisg air an deireadh. Cuimhnich gum bi sgrìobhaichean ann an diofar chuspairean a' leantainn diofar chleachdaidhean a thaobh seo. Bidh sgrìobhaichean sna saidheansan iomadh uair a' cur luaidh san teacsa faisg air toiseach ciallraidh, agus sgrìobhaichean sna h-ealain air an làimh eile am bitheantas gan cur faisg air an deireadh. Bruidhinn ris an oid-ionnsaich air a' mhodal agad mu na gnàthasan sa chuspair agad fhèin.

Am faod mi luaidh a thoirt air mòran thobraichean san aon chiallradh?

Feumaidh fhios a bhith aig leughadairean cò, dìreach, a rinn gach puing den do ghabh thu coingheall is thu a' tagradh na h-argamaid agad fhèin, mar sin na bi a' toirt luaidh air barrachd is aon tobar san aon chiallradh ach ma tha iad a' dèanamh phuingean a tha cosail ri chèile no ag uisneachadh dhòighean-obrach no fianais a tha cosail ri chèile.

Tha Shaw (2001: 15) a' cumail a-mach gu bheil luchd-slànachaidh a' call an sgilean. Tha Higgins (2004: 72) mar an ceudna ag ràdh gu robh "lùghdachadh ann ann an leasachadh sgilean".

Mura bi an còrr air ach luaidh a thoirt air barrachd is aon tobar leis gu bheil caochladh ùghdaran air fad a' tagradh an aon phuing, cuir na tobraichean an òrdugh na h-aibidil agus dealaich gach fear dhiubh o chèile le cromag.

Bheir eòlas fiosrachaidh slàinte atharrachadh bunaiteach air nàdar Sheirbheis Nàiseanta na Slàinte ron bhliadhna 2010 (Brown 2002: 3, Lee 2006: 44, agus Padda 2005: 14).

Ciamar a bheir mi luaidh air aon tobar le barrachd is aon ùghdar is mi a' cur feum air *et al.*?

Airson suas ri trì ùghdaran, thoir sloinnidhean nan ùghdar air fad san luaidh agad am broinn an teacsa.

Tha Cox, Patel, agus Pavliotis (2004) a' cnuasachadh air Breatainn a bhith a' gabhail ris an iùro san àm ri teachd.

Ach ma tha còrr is trì ùghdaran ann cuir *et al.*, is e sin giorrachadh air "*et alii*", a tha a' ciallachadh 'agus feadhainn eile' ann an Laideann. Mar as còir leis a h-uile h-abairt choigreach, is còir *et al.* a chur ann an clò eadailteach. Tha stad-phuing ann an dèidh *al.* a chionn 's gun e giorrachadh a th' ann air an fhacal iomlan. Cuimhnich, mas ann sa Bheurla a tha thu a' sgrìobhadh, ged nach toirear ach an aon sloinneadh, gur ann air barrachd is aon ùghdar a tha thu a' bruidhinn, agus gum feum an ath ghniomhair san abairt agad a bhith a rèir an iolra is chan e an t-singilte.

Fletcher *et al.* (2006: 88) suggest that in this century global climate change has caused billions of dollars worth of damage.

Ciamar as còir dhomh nòta thobair a thoirt airson leabhar a tha air a sgrìobhadh ann an cànan coigreach?

Thoir nòta thobair mar a dhèanadh tu le leabhar sam bith eile le bhith a' toirt an ùghdair, na bliadhna agus an sin an tiotal ann an clò eadailteach sa chànan thùsail. An sin thoir eadar-theangachadh Gàidhlig no Beurla air an tiotal (a rèir a' chànan anns a bheil thu a' sgrìobhadh na h-obrach agad) eadar camagan ceàrnach agus cuir an t-àite anns an deach fhoillseachadh agus am foillsichear mar as àbhaist.

Camus, A. (1942) *Le Mythe de Sisyphe [The Myth of Sisyphus]*. Paris: Gallimard

An ann ro luaidh san teacsa no na dhèidh a chuireas mi an stad-phuing?

Ged as ann a' còmhachadh fhèin a bhitheas tu, na cuir stad-phuing gus AN DÈIDH an luaidh a tha thu a' toirt san teacsa eadar camagan oir is e pàirt den chiallradh agad a tha san luaidh.

Tha Bevan a' tagradh gu bheil èifeachdan aig beothag E a bheir "atharrachadh air beatha duine" (2006: 8).

Cuin as còir dhomh clò eadailteach a chleachdadh?

Cuir tiotal foillseachadh clò ann an clò eadailteach (na bi a' cleachdadh clò trom no fo-stràcte). Feumaidh tiotalan nam prìomh sgrìobhainnean air fad, de leithid thiotalan leabhraichean, thiotalan irisean, thiotalan làraichean-lìn is eile, a bhith ann an clò eadailteach, a chum 's gum faic leughadairean air a' mhionaid cò na tobraichean air an tug thu luaidh.

Is iomadach nobhail a sgrìobh Dickens, ach is i *Hard Times* (1854) as inntinniche a thaobh feallsanachd.

Cuir a h-uile facal coigreach ann an clò eadailteach, a' gabhail a-steach *et al.*

Na bi a' cleachdadh clò eadailteach airson thiotalan altan ann an irisean no caibideilean ann an leabhraichean. Is e a chleachdas tu an seo cromagan turrach singilte. Feumaidh tiotal fo-sgrìobhainn no ath-roinn sam bith de phrìomh sgrìobhainn, de leithid an uilt no a' chaibideil a tha am broinn foillseachadh a bhith air a chur eadar cromagan turrach singilte.

Tha an t-alt air eòlas-aillse a chaidh a sgrìobhadh o chionn ghoirid le Peterson fon tiotal 'Meningioma Detection' a' cur gu mòr ri rannsachadh air aillse (2006: 21-9).

Na bi a' cleachdadh clò eadailteach nuair a bhios tu a' còmhachadh fhacal. Is e cromagan turrach dùbailte a chleachdas tu an seo.

Ged as iomadach dòigh a th' ann a bhith a' dol an grèim ri planadh airson mhòr-thubaistean nì modail Smartson cinnteach de "dhiongmhaltas is èifeachdas" an dà chuid (Smartson 2004: 65).

Cuin as còir dhomh àireamhan dhuilleagan a chur ann?

Thoir àireamh duilleige san luaidh a bheir thu am broinn an teacsa nuair a bheir thu CÒMHDACHADH no ATHARRACHADH CRUTHA air na facail ann an tobar oir leigidh seo le leughadairean dol air lorg an dearbh earrainn air an tug thu luaidh gus an dèan iad fhèin feum dhith, no gus an dearbh iad gun tug thu còmhachadh no atharrachadh crutha ceart air na facail anns an tobar. Thoir àireamhan dhuilleagan cuideachd nuair a bheir thu GEÀRR-CHUNNTAS air puing a nochdas air duilleag no duilleagan sònraichte de thobar.

An t-àrdachadh a bha ann am prìs ola amh tha e “eagalach fhèin” (Brown 2006: 5).

Cuine as còir dhomh àireamhan dhuilleagan fhàgail às?

Mas ann a’ toirt gearr-chunntas air na thagair ùghdar ann an **leabhar no alt iomlan** a tha thu, cha ruig thu leas àireamhan dhuilleagan a thoirt.

Rinn Fielding rannsachadh ùr air dòighean-slànachaidh eil-ghnàthach (Fielding 2006).

Dè an diofar eadar an liosta thobraichean agus liosta leabhraichean?

Bheir liosta thobraichean fiosrachadh iomlan mu thobraichean air an tug thu luaidh. Is a th’ ann an liosta leabhraichean liosta de na tobraichean air fad a leugh thu. **Chan àbhaist** liostaichean leabhraichean a chleachdadh ann an dòigh Harvard UHI air tobraichean ainmeachadh, ach **faodaidh** gun tèid iarraidh ort leis an oid-ionnsaich air a’ mhodal agad tè a chur a-steach.

Dè as còir dhomh dèanamh ma chuireas mi barrachd is aon tobar san liosta leis an aon ùghdar?

Ma chuireas tu diofar thobraichean leis an aon ùghdar cuir san òrdugh anns an deach am foillseachadh iad leis an fhear as sine an toiseach. Cuir ---. seach ainm an ùghdair a chur a-rithist.

Ma chuireas tu diofar thobraichean san liosta leis an aon ùghdar is iad air an cur a-mach **san aon bhliadhna**, cuir ‘a’ ris a’ chiad tobar, ‘b’ ris an dàrna fear, is mar sin air aghaidh san òrdugh anns an deach am foillseachadh leis an fhear as sine an toiseach.

Liosta Thobraichean

Smith, J. (2002) *Education and online learning: Teaching in the Internet age*. Lunnainn: Online Learning Press

---. (2005a) *Psychological aspects of learning*. Lunnainn: Learning Press

---. (2005b) *Teaching and Teaching Styles*, Oxford: Oxbridge Press

Ciamar a lorgas mi a’ bhliadhna ann an leabhar?

Is e na trì àiteachan anns an lorg thu fiosrachadh:

1. an clàr aghaidh
2. duilleag an tiotail
3. cùl duilleag an tiotail

Is e a’ bhliadhna a chleachdar bliadhna an **deasachaidh**, is chan e bliadhna ath-chlò-bhualaidhean. Air a shon sin, ma tha an leabhar air a **ath-dheasachadh** no mas e an **2na** no an **3mh** deasachadh no eile a th’ ann feumaidh tu sin a chlàradh o chionn ‘s gum faod an t-susbaint agus àireamhan nan duilleagan a bhith eadar-dhealaichte on chiad tionntadh. Faic gu h-iseal airson iùl mionaideach.

Ciamar a bheir mi nòta thobair airson ciad, dàrna deasachadh is a leithid no ath-dheasachadh?

Thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair, bliadhna an deasachaidh dem bheil thu a' dèanamh feum eadar camagan, agus an sin an tiotal ann an clò eadailteach. An sin sgrìobh '2na deas.' no '3mh deas.' a rèir mar a bhios iomchaidh le stad-phuing na dhèidh, agus an sin an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.

Dudley, P.R. (2001) *Wavelets in computing: an efficient means of conducting research* 2na deas. Oxford: Oxford University Press

Ciamar a lorgas mi an t-àite foillseachaidh ann an leabhar?

Gheibh thu an t-àite foillseachaidh an dàrna cuid air duilleag thiotail leabhair no air cùl duilleag an tiotail. Ma tha barrachd is aon bhaile air a ainmeachadh, na cuir san nòta thobair agad ach a' chiad bhaile. Cuimhnich gun tig an t-ÀITE ron FHOILLSICHEAR san nòta thobair agad, dìreach mar a thig À ro F san aibidil.

Càit an cuir mi neach-deasachaidh no luchd-deasachaidh?

Mura bheil ann ach an aon neach-deasachaidh, thoir ainm an neach-deasachaidh an àite an ùghdair agus sgrìobh 'deas.' eadar camagan. Ma tha dà neach-deasachaidh no barrachd thoir an sloinnidhean san òrdugh anns an tig iad san tobar agus sgrìobh 'deas.' eadar camagan. An sin thoir a' bhliadhna eadar camagan agus an tiotal ann an clò eadailteach le stad-phuing na dhèidh. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.

Edwards, J. P. (deas.) (2006) *Translation theory since 1945*. Oxford: Oxford University Press

Smith, J., Jones, P. and Habib, M. (deas.) (1999) *Collected Essays in the History of Science*. New York: Salinger Press

Dè a nì mi ma bhios an dà chuid neach-deasachaidh agus ùghdar agam?

Ma bhios an dà chuid ùghdar agus neach-deasachaidh air tobar (rud nach fhaighear cho tric), thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an ùghdair air an dòigh as àbhaist agus a' bhliadhna eadar camagan, agus an sin sgrìobh 'deas. le' agus thoir sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an neach-deasachaidh, leis an tiotal na dhèidh ann an clò eadailteach agus an sin stad-phuing. Mu dheireadh, thoir an t-àite anns an deach fhoillseachadh le dà-phuing na dhèidh agus an sin am foillsichear.

Archer, A. (2005) deas. le Bukhari, P. A. *Temperature analysis in children*. Oxford: Oxford University Press

Càit an cuir mi eadar-theangair?

Ma bhios ùghdar ann cuideachd, thèid sloinneadh agus ciad litrichean ainmean an eadar-theangair an dèidh an tiotail leis na facail "eadar-th. le" romhpa.

Bharvagva, S. A. (2006) *The art of translation and the translation of art*. eadar-th. le Burrows, M. K. Cambridge: Cambridge University Press

Mas e an t-ùghdar an t-eadar-theangair cuideachd, cuir an t-ùghdar mar as àbhaist agus an sin thoir a (h-)ainm mar eadar-theangair an dèidh an tiotail.

Colorado, J. A. (2006) *Economic theory in the Mexican context: recent developments on the ground*. eadar-th. le Colorado, J. A. Oxford: Oxford University Press

Dè a nì mi mura gabh ùghdar tobair a lorg?

Ma tha an tobar gun ainm faodaidh tu 'Gun ainm' a sgrìobhadh an àite an ùghdair.

Aig toiseach an fhicheadamh linn, bha buaidh aig posataibheas saidheansail air rannsachadh ann am bith-eòlas (Gun ainm 1900)

Gun ainm (1900) *Analytical research in biology*. Lunnainn: Calterdon Press

Cuimhnich: Cùm ris na riaghailtean a leanas a chum 's gum bi thu ceart:

Bi PONGAIL a thaobh co às a thig a h-uile rud, a' gabhail a-steach àireamhan dhuilleagan ma chòmhdaicheas tu facail no ma chuireas tu atharrachadh crutha air na facail, no ma bheir thu geàrr-chunntas air fiosrachadh air duilleig shònraichte de thobar. Bi cinnteach gun tèid aig leughadairean eile air a' bheachd-smuain, an ìomhaigh no an dàta àireamhach a thog thu a lorg gu pongail.

Bi DIONGMHALTA is dèan cinnteach gu bheil a h-uile gin de na tobraichean air an tug thu luaidh air a ghabhail a-steach anns an liosta tobraichean, agus gu bheil an dà eileamaid co-cheangailte ri chèile leis gu bheil iad a' tòiseachadh leis an aon ùghdar is bliadhna.

Cùm gu LEANAILTEACH ris an aon dòigh – is e sin an riaghailt as cudromaiche! Dèan cinnteach gun do chùm thu ris an aon mhodh tron phàipear acadaimigeach agad air fad.



11. Stuthan eile ri an leughadh

Tha e cudromach cuimhneachadh gun e am mìneachadh air dòigh Harvard a tha air a leigeil ris san Leabhar-iùil seo aig UHI air Ainmeachadh Thobraichean an teacsa deimhinnte fhathast airson Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Ged nach eil an aon ùghdarras sna teacsaichean a leanas airson oileanaich is luchd-obrach Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, tha mòran iùl feumail annta a thaobh dòigh Harvard agus tairgidh iad tuilidh eisimpleirean de thobraichean nach eil air an gabhail a-steach anns an leabhar-iùil a tha seo.

Leis gum faod iad a bhith a' gabhail a-steach dhòighean eile air tobraichean ainmeachadh, tha e uile-chudromach gun dèan thu cinnteach gun e dòigh Harvard a bhios tu a' leantainn is thu a' dèanamh feum de iùl sam bith a thairgeas iad.

Neville, Colin (2010) *The Complete Guide to Referencing and Avoiding Plagiarism*. 2nd deasachadh. Maidenhead: Open University Press

Is e leabhar-iùil fìor fheumail a tha seo air a' chuspair le eisimpleirean matha, soilleir de dhòigh Harvard (am measg feadhainn eile) airson àireamh mhòr de dhiofar thobraichean, is mòran dhiubh gun a bhith idir cumanta. Bheir e iomradh cuideachd air an fheallsanachd a tha air cùl a bhith a' cleachdadh nan rianan seo agus cuiridh e cudrom air nas math a thaobh luaidh agus nòtaichean tobair a thoirt.

Pears, Richard and Shields, Graham (2013) *Cite Them Right: The Essential Referencing Guide*. 9mh deasachadh. Lunnainn: Palgrave Macmillan.

Leabhar-iùil a tha soirbh ri a uisneachadh le eisimpleirean soilleir, air an soillseachadh ann am bogsaichean a chum 's gum bi iad furasta feum a chur orra, agus dòigh coimeasach simplidh a bhith a' dol an grèim ris a' chuspair.

BS 5605:1990 (1999). *Citing and Referencing Published Material*. Lunnainn: Stèidheachd Bhun-tomhasan Bhreatainn.

Chan eil am bun-tomhas a' toirt mòran sgrùdaidh air mion-phuingean a' ghnòthaich, ach is e a nì e air an làimh eile sealladh san fharsaingeachd a thoirt air cuid de na dòighean a chleachdar am bitheantas san Rìoghachd Aonaichte, agus dòigh Harvard nam measg. Is urrainn do luchd-obrach is oileanaich Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean dol chun nam Bun-tomhasan Breatannach air loidhne tro Ghoireasan D. an Leabharlainn [an seo](#).



12. Clàr-amais

- Achd Pàrlamaid (Alba) 32
Achd Pàrlamaid (RA) 32
Agallamh 47-48
Àireamhan nan duilleagan
(cùine bu chòir dhut an cuir ann) 52
Aithisg 24
Aithisg le Taigh nam Morairean 31
Aithisg le Taigh nan Cumantan 31
Alt ann am pàipear naidheachd 23
Alt ann an iris 9, 15, 23-4
Alt ann an leabhar mòr-eòlais 35
Alt *Faic Alt ann an Iris*
Barrachd is aon ùghdar, mar a bheir thu
luaidh air 51
Bhideo 41
Bhideo a fhuaras ann an cruth
eileagtronaigeach 41
Bile (Pàrlamaid na h-Alba) 30
Bile (Pàrlamaid na RA) 30
Bile le Pàrlamaid na h-Alba *Faic Bile an Riaghaltais*
Bileag 34
Bioball 29
Blog 27
Bun-tomhas (BSI) 36
Brath air twitter (tweet) 27
Caibideil de leabhar 20
Cànan coigreach (mar a bheir thu luaidh air agus
mar a dh'ainmich thu tobraichean ann an) 51
Catalog taisbeanadh 41
CD 47
Ceistean bitheanta 50
Clàr cruinn 37
Clàr *Faic Dàta*
Clàradh fuaim 47
Clò eadailteach (ga chleachdadh) 51
Craoladh lìn 46
Craoladh rèidio 46
Dàn 28-29
Dàta 44
Dealbh camara (ann an taisbeanadh) *Faic Gnothach
ann an taisbeanadh*
Dealbh camara (ann an tobar clò) *Faic Ìomhaigh*
Dealbh peant (ann an taisbeanadh) *Faic Gnothach
ann an taisbeanadh*
Dealbh peant (ann an tobar clò) *Faic Ìomhaigh*
Dealbh-chluich (air a chur air) 42
Dealbh-chluich (teacs) 28
Deasbad ann an Comataidh Sheasmhach
(pàrlamaid) 33
Diagram *Faic Ìomhaigh*
DVD 41
DVD a fhuaras ann an cruth eileagtronaigeach 41
Eadar-theangair 53
Faclair 35
Film 41
Film a fhuaras ann an cruth eileagtronaigeach 41
Fiosrachadh foillseachaidh 16-17, 53
Fòram deasbaid (air-loidhne) 26
Gnothach ann an taisbeanadh 40
Graf *Faic Dàta*
Hansard 31
Imeachdan colabhairt 33
Ìomhaigh 38-39
Làrach-lìn 9, 15, 25
Leabhar (eileagtronaigeach) 22
Leabhar 9, 14, 20-21
Leabhar-d *Faic Leabhar (eileagtronaigeach)*
Leabhran *Faic Bileag*
Liosta ìomhaighean, mar a chruthaicheas tu 39
Liosta leabhraichean, mìneachadh 52
Liosta thobraichean, mar a chruthaicheas tu 14-18
Litir *Faic Teachdaireachd phearsanta*
Luaidh, mar a bheir thu 9, 11-12
Luaidh, mìneachadh 3, 7, 11
Map Suirbhidh Òrdanais 43
Mapa 42
Mòr-aiste 34
Neach-deasachaidh 53
Obair ealain (ann an catalog taisbeanadh)
Faic Catalog taisbeanadh
Obair ealain (ann an taisbeanadh) *Faic Gnothach
ann an taisbeanadh*
Obair ealain (ann an tobar clò) *Faic Ìomhaigh*
Opara (air a cur air) 42
Òraid 45
Pàipear colabhairt 33
Pàipear Geal 32
Pàipear teignigeach 36
Pàipear Uaine 32
Peutant (eadarnàiseanta) 35
Peutant (RA) 35
Post-d *Faic Teachdaireachd phearsanta*
Prògram telebhisein 42
Sgòr ciùil 37
Teachdaireachd phearsanta 26
Tobraichean ainmeachadh, mìneachadh 3, 7
Tobraichean dàrnach 51
Tobraichean gun ainm 53
Tràchdas 34